



AN  
**LEABHAR  
BEAG  
GORM**

**AM FIOSRACHADH  
A DH'FHÀGAS NA PÀIPEARAN ÀS**

Na bhòtaibh anns an reifreann  
neo-eisimeileachd mus leugh sibh seo

“

Air 18 Sultain 2014, eadar na h-uairean 7m  
agus 10f, bidh **làn chumhachd uachdarail**  
ann an làmhan **muinntir na h-Alba**.

Feumaidh iad roghainn a ghabhail: an  
cumhachd sin a ghlèidheadh aca fhèin, air  
neo a chur air falbh gu àite far nach bi iad,  
mar mhion-shluagh, ach lag agus gun  
bhrìgh gu sìorraidh buan gu bràth.

”

- Jim Sillars

Seann BhP Làbarach  
Neach-stèidheachaidh Pàrtaidh Làbarach na h-Alba  
Seann BhP Nàiseantach

Ann an Alba, tha 37 pàipearan-naidheachd ann, nàiseanta no làitheil. Chan eil aon ghin aca a' toirt taic dha neo-eisimeileachd. (An aon phàipear a tha a' toirt taic dha bhòt Bu Chòir, 's e pàipear seachdaineil a th' ann, a' *Sunday Herald*.) Ged nach eil na pàipearan-naidheachd fo dhleasdanas a bhith ceart is cothromach idir, nuair a bhios roghainn cho cudromach aig muinntir na h-Alba ris an roghainn a nì sinn 18 Sultain, 's e fior adhbhar-imcheist dha deamocrasaidh a th' ann nach eil na pàipearan-naidheachd a' toirt cothrom na Fèinne ach dhan aon taobh.

'S ann a' claoindh ri aon taobh a tha an làrach-lìn againne, *Wings Over Scotland*, cuideachd. Tha sinn a' toirt taic dha neo-eisimeileachd oir, nar beachd-ne, 's ann mar sin a bhios Alba nas beartiche, nas cothromiche, agus nas riaraichte. Saoilidh sinn gum bi Alba nas fheàrr dheth is i a' taghadh nan riaghaltasan aice fhèin, riaghaltasan a rèiticheas na trioblaidean aice agus a ghabhas grèim air na cothroman air faire, an àite sinn a bhith beò an dòchas gun tagh muinntir Kent, Surrey, agus Essex daoine aig a bheil deagh ghean agus tuigse air dòchasan na h-Alba.

Saoilidh sinn gu bheil cùisean mar a tha iad ann an da-rìribh a' toirt làn taic dha na beachdan ud. Ach chan eil sinn idir airson gun gabh sibh gach rud a chanas sinn mar smior na firinne.

Ris an fhìrinn innse, tha tòrr de na chaidh innse dhuinn mu neo-eisimeileachd le luchd-poilitigs an Aonaidh agus leis na meadhanan thairis air na grunn bhliadhnachan a chaidh seachad loma-làn de bheàrnan, de dh'fiaraidhean na firinne, de mhearachdan meallta, agus de bhreugan. Tha e san amharc againne an fhìrinn a th' air falach air cùl nam breugan sin a thoirt am follais. Ach 's ann a bhios an argamaid againn an crochadh air tùsan-fiosrachaидh gun chlaonadh, uidheamaichte le teisteanasan iomlan: faodaidh sibh fhèin a dhol thuca agus an dearbhadh air ur ceann fhèin.

A' mhòr-chuid den tide, an àite a bhith an urra ri beachdan luchd-taice neo-eisimeileachd, 's ann a bhios sinn a' cleachdadh nam figearan aig Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte [RA] fhèin, no aig sàr-eòlaichean acadaimigeach, no aig luchd-poilitigs agus oifigich an Aonaidh.

Air 18 Sultain nì sibh an aon roghainn as cudromiche a rinn Albannach sam bith a-riamh. Bhiodh e ceart is cothromach mar sin an roghainn seo a dhèanamh a-rèir 's mar a tha gnothaichean ann an da-rìribh. Air a' char as lugha, 's cinnteach gu bheil sibh airson èisteachd a thoirt do gach taobh mus dùan sibh ur roghainn?

**An t-Urr. Stiùbhart Caimbeul**  
*Fear-deasachaidh, Wings Over Scotland*

## Na h-adhbharan airson neo-eisimeileachd ann an còig puingean

Chaidh an leabhar seo a chur ri chèile ach nach toir e barrachd air dà uair a thìde a leughadh. Nì sinn argamaidean mionaideach, an crochadh air iomadach tùs-fiosrachaидh agus teisteanas. Ach tha na h-adhbharan bunaiteach airson neo-eisimeileachd tòrr nas simplidhe na sin. Nuair a thig a' chùis gu a h-aon 's gu dhà (no gu còig!), chan eil ann ach na còig puingean bunaiteach.

**1** 'S e dùthaich a th' ann an Alba. Coltach ri dùthaich sam bith eile bu chòir dhi riaghaltas fhaighinn a thaghlas i fhèin. Mar phàirt den RA, chan eil sin a' tachairt fiù 's leth-phàirt den tide. Chan eil buaidh aig Alba air taghaidhean na RA, agus mar sin cha leig an còrr den RA a leas ar cuideachadh – carson a-rèisde a dh'fheumas sinn cur suas a-rithist agus a-rithist ri riaghaltasan a dhiùlt sinn aig a' bhòt?

**2** Bidh Alba nas beartiche mar dhùthaich neo-eisimeileach seach a bhith am broinn na RA. Fiù 's mus bruidhnear air na sàbhalaidhean-airgid a dh'faodadh a bhith ann an lùib atharrachaidhean poileasaidh (leithid chosgaisean-dion nas ciallaiche), tha Alba a' cur air falbh bhuilleanan de notaichean de thaic-airgid dhan RA gach uile bliadhna, a-rèir nam figearan aig Westminister fhèin. Mar as fhaide a dh'fhuiricheas sinn anns an RA, 's ann as bochda a dh'fhàsas sinn.

Cha toir sibh air ministear riaghaltas Bhreatainn, no neach-iomairt Cha Bu Chòir, aideachadh a-muigh no a-mach gu bheil an còrr den RA a' pàigheadh airson na h-Alba – ach feuchaibh e ma thogras sibh! An àite sin, feuchaidh iad a' chùis a chur troimhe-chèile oirbh. Atharrachaidh iad an ceann-còmhraidh le bhith a' bruidhinn air gnothaichean leithid caitheamh-airgid agus fhiachan (faic an earrann Ceistean ann an Caibideil 2), ach an toir iad oirbh a chreidsinn, gun a bhith buileach ag innse bhreugan.

Beachdaichibh air a' chùis air an dòigh seo – nan robh an còrr den RA a' pàigheadh airson Alba ann an da-rìribh, an dùil nach biodh luchd-iomairt Cha Bu Chòir 'ga èigheachd bho na mullaichean bho mhoch gu dubh gach uile latha?

**3** Tha làithean geala air faire dha Alba. Mairidh an ola airson nan deicheadan de bhliadhna chan fhathast, agus chan fhada gus am bi stòras de chumachd ath-nuadhachail againn a chuireas, math dh'fhaointe, ulaidhean eachdraidheil a' Chuain a Tuath anns an earra-dhubh. Ach chan urrainn dhuinn earbsa sam bith a chur anns an RA gu bhith an urra ris an ionmhas seo – 's i Alba an aona dùthaich anns an t-saoghal a lorg ola, agus a dh'fhàs na bu bhochda. Eu-coltaich ris cha mhòr a h-uile

dùthaich eile aig a bheil beairteas ola, cha do chuir Westminster càil mu seach a-riamh airson làithean dorcha. Agus fad 30 bliadhna chleith iad beairteas na h-Alba air na h-Albannaich fhèin.

**4** Chan eagal dhuinn roimh chàil ach an t-eagal fhèin. Bagairtean mu mar a thèid Alba a thilgeil a-mach às an Aonadh Eòrpach – eadhan airson greiseag bheag – chan fhiach iad sin smugaid: cha bhiodh sin air chomas co-dhiù. Tha an aon rud fior mu bhith a' ceannsachadh na crìche eadarainn. Chan urrainn dha duine stad a chur oirnn bho bhith a' cleachdadadh an not. Chan eil aon dùthaich a' bagairt cogaidh air Alba: an t-aon adhbhar a bhiodh aig ceannarcaich ionnsaigh a thoirt oirnn, 's e gu bheil sinn nar pàirt den RA. Bidh sinn fhathast a' coimhead air a' BhBC.

**5** Tha daoine ciallach. An-dràsda, tha e a' freagairt air iomairt Cha Bu Chòir a bhith a' leigeil orra gum bi gnothaichean cho riaslach 's a ghabhas dha Alba neo-eisimeileach. Air an latha as dèidh bhòt Bu Chòir, ge-tà, 's e sgeul a' chaochlaidh a bhios ann. Air an latha sin, bidh e iomchaidh dha gach uile duine gach uile sòn a rèiteachadh cho luath agus cho glan 's a ghabhas.

Ma ghabhas sibh ris gum biodh an t-Aonadh Eòrpach ag iarraidh Alba mar bhall – rud a bhiodh – cha bhiodh e 'na bhuannachd dha duine sam bith nam biodh am pròiseas sin slaodach, riaslach, agus sàraichte.

Ma ghabhas sibh ris gum biodh an còrr den RA agus Alba neo-eisimeileach fhathast an sàs ann am malaирtean mòra ri chèile agus ann an caidreachas ri chèile – agus 's iad a bhiodh – cha bhiodh e 'na bhuannachd dha duine sam bith nam biodh am pròiseas-socrachaидh nàimhdeil agus màirnealach.

Bidh gach taobh a' sireadh na cuid as fheàrr, tha fhios, ach bidh an dà chuid gnìomhachasan agus am mòr-shluagh ag iarraidh gun seachainn iad nas urrainn dhaibh de bhuaireadh agus de dh'ùp raid. Cha bhuannaich duine sam bith bho iomairt mhì-chàileir, agus cha bhiodh riaghaltas sam bith ri mi-run agus ri gamhlas nuair a dhèanadh sin milleadh orra fhèin.

## CLÀR-INNSE

1. PRIONNSABALAN AGUS POILITIGS	5
2. AN EACONAMAIDH	11
3. DACHAIGH	18
(i) Airgead	19
(ii) Slàinte	21
(iii) Peinnseanan	26
(iv) Ola	30
(v) Dìon agus tèarainteachd	32
(vi) Foghlam	39
(vii) Cultar	40
(viii) Tiomnadh Chumachdan	42
4. AN ROIINN-EÒRPA AGUS AN SAOGHAL	47
(i) An EU	48
(ii) NATO	54
(iii) Crìochan agus Cairtean-siubhail	56
(iv) Tosgaireachdan	58
5. CONALTRAIDHEAN	59
6. CEISTEAN NACH TOGAR ACH AINNEAMH EARR-RÀDH	65
	68


**Facal air tùsan-fiosrachaidh:** Tha a' mhòr-chuid dhe na ceanglaichean againn a' ceangal ris an tùs-fiosrachaidh fhèin. Tha cuid dhe na tùsan ge-tà nam pàipearan sa bheil na ceudan de dhuilleagan, anns nach biodh e furasta am fiosrachadh iomchaidh a lorg gu sgiobalta. Ann an tsuidheachaidhean sin bidh sinn air uairean a' ceangal ri duilleig air Wings Over Scotland far a bheil an earrann iomchaidh air a togail agus air a toirt am follais. Bidh daonnaid ceangal on duilleig sin ris an tùs-fiosrachaidh fhèin.




## 1. PRIONNSABALAN AGUS POILEATAIGS



## Fhuair na Tòraidhean bhòt Alba airson 6 bliadhna à 68



## Fhuair Alba riaghaltasan Tòraidheach airson 38 bliadhna à 68





Dh'fhaodadh gur e seo an taobh den deasbad as phasa dèiligeadh ris. Chan ann tric – ris an fhìrinn innse, nas lugh a na an dàrna cuid den ùine – a gheibh Alba na riaghaltasan dham bhòt i. Bho 1955 tha na h-Albannaich air bhòtadh airson a' Phàrtaidh Lèbaraich aig gach taghadh-pàrlamaid Westminster. Ach mun àm a thig an ath thaghadh-pàrlamaid, ann an 2015, bidh riaghaltasan Tòraidheach nach do dh'iarr na h-Albannaich idir air a bhith aca airson 38 de na 68 bliadhna à chaidh seachad.

As bith dè am pàrtaidh dhan toir sibh taic – na Lèbaraich, na Tòraidhean, na Nàiseantaich, na Lib-Deamaich, no duine sam bith eile, chan e deamocrasaidh a tha seo. Gun a bhith a' dèanamh dìmeas idir air a' Chuimrig agus air Èirinn a Tuath, tha 85% de shluagh na RA a' fuireach ann an Sasainn. Ann an da-rìribh, tha sin a' fàgail gur i Sasainn a nì an roghainn air dè seòrsa riaghaltais a gheibh a h-uile duine eile.

A' mhòr-chuid den tide (faisg air sia bliadhna às gach deich, anns an linn poilitigs ùr a lean an Dàrna Cogadh), tha riaghaltas air a bhith aig na h-Albannaich nach robh iad ag iarraidh idir.

Tha sinn a' gabhail ris gur i dùthaich a th' ann an Alba. Mar sin dheth, gach uile turas a bu chòir riaghaltas a bhith aice ris na dh'aontaicheas – chan ann direach nuair a thurchras gun do rinn i an aon roghainn ris an dùthaich an ath dhoras dhi a tha tòrr nas mothà.



## Cha shàbhail Alba an RA bho na Tòraidhean

Chan eil sin ri ràdh gum bu chòir dha Alba a bhith fo stiùir nan Nàiseantach. Mur a h-eil sibh dèidheil air na Nàiseantaich, air neo Alex Salmond, cha leig sibh a leas bhòtadh dhaibh ann an Alba neo-eisimeileach – tron chiad ochd bliadhna chan de Phàrlamaid na h-Alba, 's ann a bha na Làbaraich agus na Lib-Deamaich air an stiùir, agus chan eil fhios nach bi iad fhathast. Gu dearbh, dh'fhaodadh gum bi pàrtaidhean ùr-nodha ann cuideachd, pàrtaidhean nach eil eadhan am bith fhathast – chan eil ach beagan bhliadhna chan bho nach robh duine a' smaoineachadh gum buannaicheadh na Nàiseantaich taghadh-pàrlamaid a-riamh.

Chan ann mu phoileasaidhean air neo pàrtaidhean a tha neo-eisimeileachd. Sin an seòrsa cheistean a thèid a rèiteachadh aig taghaidhean-pàrlamaid, chan ann aig reifreann. Air 18 Sultain, chan eil agaibh ach aona roghainn: anns an àm ri teachd, cò aige a bhios an cumhachd riaghaltasan Alba a thaghadh – muinntir na h-Alba fhèin, air neo muinntir Shasainn?

### Ceistean

**C:** ‘Nach bi sinn a’ fàgail na daoine sa chòrr den RA ann an làmhan nan Tòraidhean gu bràth tuilleadh?’

**F:** Cha bhi. Cha mhòr gun dèan bhòtaichean Alba eadar-dhealachadh sam bith dha taghaidhean na RA. Gu dearbh, nuair a nì iad diofar, chan eil an diofar sin mòr agus chan fhada a mhaireas i. Chan fhàg neo-eisimeileachd na h-Alba an còrr den RA ann an làmhan riaghaltasan Tòraidheach gu sìorraidh buan gu bràth – fiù 's às aonais bhòtaichean nan Albannach, bha mòr-chuid chomhfhurtail aig cha mhòr gach uile

riaghaltas Lèbarach bho linn an Dàrna Chogaidh,

(Mar eisimpleir, ann an 1997 bhiodh mòr-chuid mhòr dha-rìribh aig na Lèbaraich – 139 suidheachain – fiù 's nan rachadh na bhòtaichean Albannach a thoirt air falbh. Fiù 's ann an 2005 bhiodh mòr-chuid chomhfhurtail aca de 43 suidheachain às aonais bhòtaichean na h-Alba, an àite na mòr-chuid a bh' aca ann an da-rìribh de 66 suidheachain.)

**C:** ‘Ach tha an t-uabhas dhaoine ann nach do bhòt airson an riaghaltas a th’ againn. Cha do bhòt daoine ann an Liverpool no Manchester airson nan Tòraidhean a bharrachd, ach ’s ann a fhuair iad fhathast iad mar riaghaltas.’

**F:** Ann an taghaidhean aig ìre riaghaltas, ’s e dùthchannan an t-slat-thomhais a bhios ga cleachdadadh, chan e bailtean. Chan fhaigh riaghaltas a-chaoidh 100% den bhòt, agus tha deicheadan de bhliadhna chan air a bhith ann bho fhuair riaghaltas RA sam bith eadhan 50% den bhòt. Chan eil rian ann nach bi cuid de dhaoine, agus cuid de sgìrean, a’ faighinn riaghaltas nach do thagh iad. Ach tha an reifreann an crochadh air a’ cheist, a bheil sibh a’ smaoineachadh gur dùthaich a th’ ann an Alba, air neo dìreach pàirt de dhùthaich eile? Chan fhaod an dà rud a bhith fior aig an aon àm.


*Tùsan airson deilbh nan taghaidhean:*

(1) Wikipedia; (2) Leabharlann Thaigh nan Cumantan; (3) Wikipedia; (4) Wikipedia

*Na ceanglaichean gu lèir aig  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>*



## 2. AN EA CONAMAIDH



Tha gach uile rud a tha air faire dha Alba an crochadh air an eaconamaidh. Bidh na roghainnean a bhios aig riaghaltas sam bith ann an Alba neo-eisimeileach – agus a' cheist am bi na roghainnean ud nas fhasa no nas duilge na roghainnean a bhios roimh riaghaltas na h-Alba mar a tha e le tiomnadh chumachdan – a-rèir na th' ann de dh'airgead.

Air an adhbhar sin, tha riaghaltas na RA, agus an iomairet Cha Bu Chòir, a' dùnamh an uile-dhìchill toirt oirbh a chreidsinn gum biodh Alba neo-eisimileach na bu bhochda, agus gum biodh aice mar sin ri ìre chìsean a thogail agus/air neo cosgaisean poblach a ghearradh gus seirbheisean a dhòn.

'S e cnag na cùise nach eil sin fior idir. Chan eil fiù 's bloigh firinn ann. Anns a' Ghearran 2014 thuirt an *Financial Times* a-muigh agus a-mach:

**"Bhiodh dùil ann gum biodh Alba neo-eisimileach a' tùiseachadh le maoineachas-stàite nas fhallainne na bhiodh aig a' chòrr den RA."** [5]

Gach uile bliadhna bidh Alba a' pàigheadh nam builleanan de notaichean dhan RA; an dearbh rud a rinn i fad iomadach deichead roimhe. Uaireannan, nuair a dh'fheumas iad an fhìrinn innse a-rèir riaghailtean na Pàrlamaid, aidichidh riaghaltas na RA sin gu h-onarach:

Air 27 Màirt 1997, sgrìobh am pàipear-naidheachd a' *Herald*:

**"Ann an ceasnachaidhean ann an Taigh nan Cumantan thar nam mìosan a chaidh seachad, b' fheudar dha Mgr William Waldegrave, Priomh-Rùnaire Roinn an Ionmhais, gabhail ri figearan a nochdas, nam biodh roinn Alba de theachd-a-steach a' Chuain a Tuath air a sònreachadh bho 1979 air adhart, gun do ràinig an srutha lom a fhuair Roinn an Ionmhais bho thaobh tuath na crìche £27bn."**

[6]

Anns an aon airtaigil, thug a' *Herald* an aire gun do dh'aidich Mgr Waldegrave (minister a bh' ann an dreuchd an 1997 co-ionnan ri dreuchd Danny Alexander an-diugh) dhan Taigh gu robh am figear ann an da-rìribh fiù 's na b' àirde: £31bn thar nan 18 bliadhna.

As dèidh lorg na h-ola anns a' Chuain a Tuath anns na 1970an, bha beairteas na h-Alba cho mòr 's gun do chuir riaghaltasan gach cuid Lèbarach agus Tòraigheach air falach e air muinntir na h-Alba, airson trì deicheadan. Nuair a chaidh anailis a rinneadh leis an neach-eaconamach an t-Oll. Gavin McCrone as leth riaghaltas na RA ann an 1975 a thoirt

am follais mu dheireadh thall ann an 2005 ri linn iarrtas Saorsa Fiosrachaidh, thuirt am pàipear-naidheachd an *Independent*:

***“Mar thoradh air buannachd na h-ola, bhiodh an t-airgead a bharrachd ann am buidseadan Alba neo-eisimileach, sgriobh an t-Oll. McCrone, cho mòr ’s gum biodh iad nan ‘cùis-nàire’.***

***‘Cha bhiodh siostam-airgid eile anns an Roinn-Eòrpa cho làidir ri airgead na h-Alba, ach a-mhàin, ’s dòcha, Kroner Nirribhidh.’*** Às dèidh dhaibh a bhith na bu bhochda na an nàbaidhean mu dheas, dh’fhaodadh gum biodh iad a-nis na bu bheairtiche. Bhiodh e comasach dha Alba tòrr airgid a thoirt seachad air iasad dha Sasainn, ‘suidheachadh a leanadh, math dh’fhaoidte, fada fada anns an àm ri teachd.’

***Airson an sgeul a dhèanamh goirid, as dèidh linntean de mhì-thoileachas, an lùib na h- ola ’s ann aig muinntir taobh tuath na crìche a bhiodh làmh an uachdair a b’ àbhaist a bhith aig rioghachd Bhreatainn.***

***Beagan làithean as dèidh dha a liubhraigeadh dha Westminster ann an 1974, chaidh aithisg an Oll. McCrone a mheas mar phàipear cunnartach dha-rìribh. Chaidh a cur air falach. Bhiodh deich bliadhna ar fhichead ann mus fhaiceadh i solas an latha a-rithist.”*** [7] [8]

Anns an luchar 2013 rinn an neach-eaconamach Aonaidheach, an t-Oll. Brian Ashcroft (cèile seann cheannard a’ Phàrtaidh Làbaraich ann an Alba, Wendy Alexander) a-mach, nan robh Alba air a bhith neo-eisimileach ann an 1981, gum biodh aice an-diugh co-dhiù £68bn de bharrachas (airgead a bharrachd) bhon bhuidsead air a chur mu seach [9]. Ann an da-rìribh, ma chunntas sinn riadh agus buannachdan eile, tha e coltach gum biodh ‘maoineas ola’ againn fada seachad air £100 buillean.

Ach an àite barrachas mòr a bhith ann, tha Alba mar phàirt den RA, dùthaich le fiachan uabhasach de £1.4 trillean [10] – a-rèir meud an t-sluaigh, tha an earrann againne dheth luach timcheall air £118 buillean.

Ga chur gu simplidh, tha ballrachd Alba den RA thairis air na 32 bhliadhna a chaidh seachad a’ fàgail eadar £180 buillean agus £250 buillean nas lugha aice, an tac a ris na bhiodh aice mar dhùthaich neo-

eisimileach. Air sgàth riaghaltas Westminster, far am bu chòir airgead a bhith againn anns a' bhanca, tha sinn a-nis gu mòr mòr ann am fiachan.

An rud nach gabh leasachadh, is fheudar cur suas leis – dh'fhalbh an t-airgead leis an t-sruth. (Ged a dh'fhaodadh e bhith gun tig na subsadaidhean gun chiall a tha na h-Albannaich air pàigheadh dhan RA thar nam bliadhna chan a-staigh air conaltraidhean neo-eisimileachd, a thaobh a bhith a' lughdachadh na h-earrainn de dh'fhiachan na RA ris an biomaid an urra – faicibh Caibideil 5) Ach mar a sheall a' *Financial Times*, 's e cnag na cuise gur ionnan an uidheachadh eaconamach a dh'adhbhraich gu robh Alba na bu treasa na an RA bho chionn 40 bliadhna, agus an uidheachadh mar a tha e an-diugh.

Chan eil diù aig luchd an Aonaidh dhan an sin. Anns a' Ghearran 2014 sheas am BP Làbarach airson Lannraig agus Hamaltoin an Ear, Jim Hood, air a chasan-deiridh ann an Taigh nan Cumantan, agus thuirt e:

**"Ma bhios muinntir na h-Alba gu bhith nas fheàrr dheth  
gu h-eaconamach agus mar sin air adhart, bhithinn  
fhathast an aghaidh briseadh air falbh bhon Aonadh."**  
[11] [12]

Ach cha leig Buill-Pàrlamaid Làbarach Albannach a leas a bhith fo uallach sam bith. Tha dreuchdan sàbhailte aca cho fada 's a thogras iad (tha mòr-chuid de 13,000 aig Jim Hood, agus tha e air a bhith anns an aon roinn airson 27 bliadhna chan), agus 's ann an urra riutha fhèin a tha meud an cuid thuarasdalan. Ma tha sibhse a' fuireachd ann an Alba, 's sibh GUN taic bho chunntas-chosgaisean fialaidh agus peinnseanan òraichte nam ball-pàrlamaid, chan iongnadh idir ged a bhiodh e cudromach dhuibh co-dhiù am biodh sibh fhèin agus an teaghach agaibh na b' fheàrr dheth, air neo na bu mhiosa.

Chan urrainn dha Alba cumail oirre mar a tha i, 's i a' pàigheadh nam ficheadan de bhuilleanan de notaichean thar na cuid a bhiodh cothromach dhi. Ga chur gu simplidh, a-rèir cunntais reusanta sam bith, fiù 's mus beachdaich sinn air poileasaidhean eadar-dhealaichte (leithid Trident a thilgeil air an t-sitig), bidh barrachd airgid aig Alba mar dhùthaich neo-eisimileach seach na th' aice mar phàirt den RA.

## Ceistean

**C:** "Ach nach bi riaghaltas na RA a' cosg barrachd mu choinneamh gach duine ann an Alba?"

**F:** Tha sin fior, ach tha Alba a' pàigheadh airson gach uile sgillinn de na cosgaisean sin, agus fada a bharrachd cuideachd. Mar a sheall artaigil a' *Financial Times* sa Ghearran:

**“Ged a gheibh Alba maoineachadh poblach deagh chuibreann nas àirde na ère àbhaisteach na RA – rud a tha a’ fàgail cuid de mhuinnitir Shasainn, na Cuimrigh, agus Èirinn a Tuath car feargach – tha na cosgaisean sin dha Roinn an Ionmhais gan còmh dadh – is barrachd – leis an teachd a-steach bhon ola agus bhon ghas ann an uisgeachan na h-Alba.” [5]**

Sa chuibheas, bidh an RA a’ cosg timcheall air £1,200 a bharrachd air gach neach ann an Alba na anns an RA anns an fharsaingeachd. Ach mar is trice ’s ann a bhios Alba a’ bàigheadh dhan RA ann an cìsean £1,700 a bharrachd mu choinneamh gach neach anns an dùthaich [13]. Chan fhaigh sinn air ais mar sin ach mu 70% den airgead a bharrachd a chuireas sinn sìos a Lunnainn. Tha an 30% eile ga ghlèidheadh le Westminster agus ga chosg ann an Sasainn, anns a’ Chuimrigh, agus ann an Èirinn a Tuath.

**C:** “Ach nach eil barrachd airgid ga chosg air Alba na thogas i ann an cìsean?”

**F:** Tha is chan eil. Ann an 2011–12, mar eisimpleir, thog Alba timcheall air £57bn ann an cìsean, is chaithd £64.5bn a chosg oirre. Ach an aire: chan e preusant fialaidh bhon RA a th’ anns na suimean a bharrachd – ’s e th’ annta ach airgead-iasaid air a thoirt a-mach le riaghaltas na RA ann an ainm na h-Alba. Chan e airgead bhon chòrr den RA a tha seo idir, ach airgead bho na bancaichean eadar-nàiseanta – tha e na phàirt de na fiachan uabhasach air an tug sinn iomradh gu h-àrd, agus feumaidh Alba a phàigheadh air ais.

(Agus feumaidh sinn an t-airgead a phàigheadh fiù’s mur an robh sinn a’ feumachdann no a’ miannachadh nan rudan air an deach a chosg – leithid armachd niùclasach, Olympics Lunnainn, agus an rathad-iarainn HS2 eadar Lunnainn agus Birmingham. Tha Alba a’ cosg nam builleanan air gach fear dhiubh sin, chionn tha Westminster a’ cumail a-mach gu bheil iad airson maith na rioghachd air fad. [14].)

’S e easbhaidh-airgid a chanas iad ris a’ bheàrn eadar na gheibh an riaghaltas a-steach a thaobh chìsean, agus na chosgas e. Tha cha mhòr a h-uile dùthaich air thalamh le easbhaidh-airgid (ach a-mhàin Nirribhidh agus an t-Eilbeas). ’S e suidheachadh gu tur àbhaisteach a th’ ann – ’s ann mar sin a bhios riaghaltasan ag obrachadh anns an latha a th’ ann, ged a bhios iomairt Cha Bu Chòir a’ cumail a-mach gur i Alba an aon dùthaich anns an t-saoghal aig am biodh easbhaidh-airgid.

Ann an da-rìribh, tha easbhaidh-airgid na h-Alba gu math nas lugh a easbhaidh-airgid na RA – ann an 2011–12 bha easbhaidh-airgid na RA

luach £126bn [15], a' fàgail gum b' e £10.6bn earrann na h-Alba den easbhaidh sin, a-rèir meud an t-slugaigh. Ach cha robh ann an easbhaidh-airgid na h-Alba air a' bhliadhna ud, a-rèir Alistair Darling [16], ach £7.6bn.

**Tha sin ri ràdh, ann an dìreach aon bhliadhna a-mhàin, gum feumadh Alba luach £3bn a bharrachd às a' chòrr de dh'fhiachan na RA a ghabhail oirre fhèin, cho math ris na fiachan a bh' aice fhèin sa chiad dol a-mach.**

Gus mìneachadh dè a tha seo a' ciallachadh, tha £3bn an ìre mhath trì uibhir de chosgaisean fòghlaim-oilthigh an asgaidh (£590m), òrduighean-leighis an asgaidh (£60m), pasaichean-bus an asgaidh dha luchd-peinnsein (£180m), agus càram pearsanta an asgaidh dha seann daoine (£200m), còmhla.

Ann an da-rìribh, 's e a' mhòr-chuid de dh'easbhaidh-airgid na h-Alba (mu £5bn gach bliadhna, air neo dà thrian dhi) airgead a dh'fheumar pàigheadh air ais mu choinneamh fiachan na RA [17]. Dè dh'fhàg oirnn gu bheil againn ri phàigheadh? Dh'fhàg gu bheil sinn anns an RA agus cha sguir an RA a chàrnadh barrachd is barrachd fhiachan air Alba, ged a tha Alba mar-thà a' pàigheadh fada a bharrachd na a cuid fhèin.

Tha an suidheachadh gu math soilleir – mar as fhaide a dh'fhuireas sinn anns an RA, 's ann as miosa a dh'fhàsas easbhaidh-airgid agus fiachan na h-Alba.

**C:** “Ach dè nam biodh na bancaichean ann an èiginn a-rithist? Cha b' urrainn dha Alba na bancaichean a shàbhaladh.”

**F:** Chan ann mar sin a tha bancaichean gan sàbhaladh. Thairis air na beagan bhliadhna chan a chaith seachad, chaith iomadach banca a shàbhaladh air feadh na Roinn-Eòrpa agus nan Stàitean Aonaichte. Chaith a h-uile gin a shàbhaladh air an aon prionnsabal – tha riaghaltasan a' maoineachadh an t-sàbhalaidh a-rèir meud a' ghniomhachais a ni am banca ANN AN DÙTHAICH AN RIAGHLTAIS SIN FHÈIN [18].

Mar sin, nam biodh banca stèidhichte ann an Alba 's e a' dèanamh 90% de chuid gniomhachais ann an àiteigin eile, cha leigeadh riaghaltas na h-Alba a leas ach 10% den airgead-sàbhalaidh a phàigheadh (nan robh e airson an t-airgead-sàbhalaidh sin a phàigheadh idir). Sin carson, mar eisimpleir, a thug Tasgadh Feadaralach nan Stàitean Aonaichte seachad an t-suim iongantach de £640bn gus Barclays a shàbhaladh ann an 2008 [19], eadhan ged a bha Barclays stèidhichte anns an RA, is e clàraichte ann an Lunnainn [20].

**C:** “Ach nach adhbharaich neo-eisimileachd cnapan-starra dha malairt leis a’ chòrr den RA, cnapan-starra a nì cron air an eaconamaidh?”

**F:** Chan adhbharaich idir. Bidh Alba agus an còrr den RA fhathast taobh a-staigh na h-Àrainn Eaconamaich Èòrpaich, an EEA, raon de mhalairt shaor a ghabhas a-steach dùthchannan a bhuineas agus nach buin dhan EU.

**C:** “*Ach nach deach na figearan ud mu bheairteas na h-Alba a thoirt bho làithean geala ola a’ Chuain a Tuath? Nach eil sruth na h-ola a-nis a’ crionadh, nach eil e nas duilghe a-nis an ola a thoirt às, agus i gun an aon bhuannachd innte a bharrachd?*”

**F:** Troimhn mhòr-chuid de na 1990an bha prìs na h-ola timcheall air \$20 gach baraille, ach thairis air an dà bhliadhna a chaidh seachad tha i air a bhith bhos cionn \$100 fad na h-ùine [21]. Mar as gainne a dh’fhàsas bathar air a bheil soirbheas an t-saoghal an crochadh, ’s ann as àirde a thèid prìsean, agus chan ann as ìsle. Ach na bithibh ag eisdeachd ruinne – dè mu dheidhinn an *Investors Chronicle* (pàirt de bhuidhinn a’ *Financial Times*), a mhol dhan luchd-leughaidh aca anns an luchar 2014 roinnean a cheannachd anns a’ chompanaidh-ola EnQuest, ’s iad ag ràdh:

**“Saoilidh sinn gu bheil Westminster air a bhith a dh'aona ghnothaich a' feuchainn ri beairteas Sgeilf Mòr-Roinn na h-Eòrpa (UKCS) a chleith oirnn mus bi reifreann neo-eisimileachd na h-Alba ann as t-Sultain.” [22]**

Tha luchd-poilitigs an Aonaidh a’ dèanamh an uile-dhìchill dìmeas a dhèanamh air beairteas ola na h-Alba. Bidh e follaiseach carson. Mar a gheibh sinn a-mach nas fhaide anns an leabhar seo, tha an aon duan air a bhith aca airson a’ mhòr-chuid den 40 bliadhna a chaidh seachad. Ma tha sibh airson beachdan onarach fosgalte fhaighinn, feuch gum faighnich sibh dhan fheadhainn aig a bheil bith-beò an urra ris an airgead a nì iad às an ola. Eu-coltach ri muinntir an riaghaltais, chan fhiach e dhaibhsan breugan innse dhuibh.

#### Tùsan-fiosrachaидh:

[5] *Financial Times*; [6] *A’ Herald*; [7] *An Independent*; [8] *riaghaltas na RA*; [9] *An t-Oll. Brian Ashcroft, Institiùd Fraser of Allander*; [10] *Wikipedia*; [11] *Hansard/YouTube*; [12] *Hansard*; [13] *Riaghaltas na h-Alba*; [14] *Financial Times*; [15] *Reuters*; [16] “*Better Together*”; [17] *Riaghaltas na h-Alba*; [18] *BBC Radio Scotland*; [19] *New Statesman*; [20] *Business For Scotland*; [21] *Money Week*; [22] *Investors Chronicle*

*Na ceanglaichean gu lèir aig*

<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>



### **3. DACHAIGH**

- (i) Airgead
- (ii) Slàinte
- (iii) Peinnseanan
- (iv) Ola
- (v) Dìon agus Tèarainteachd
- (vi) Foghlam
- (vii) Cultar
- (viii) Tiomnadh Chumhachdan



## (i) Airgead

Chan eil aon chulaidh-eagail as fheàrr le iomairt Cha Bu Chòir na an sgeul nach b' urrainn dha Alba neo-eisimileich not Bhreatainn a chumail. 'S i tha seo ach an tula-bhreug. 'S e airgead eadar-nàiseanta 'uile-mhalairteach' a th' ann an Sterling: tha sin a' ciallachadh gum faod dùthaich sam bith a chleachdadadh ma thogras i, is cha leagar a leas cead riaghaltas na RA.

Mar sin, fiù 's nam biodh na bagairtean a rinn George Osborne (le taic bho Ed Balls agus Danny Alexander) fior, gun diùltadh Westminster gabhail ri aonadh-airgid foirmeil, cha b' urrainn casg sam bith a chur air Alba bho bhith a' cumail oirre a' cleachdadadh an not.

Ann an da-rìribh, tha iomadach eòlaiche eaconamais a' creidsinn gum biodh Alba na b' fheàrr dheth a' cleachdadadh Sterling 'gu neo-oifigeil'. Ann an Gearran na bliadhna-sa, thuirt Sam Bowman, stiùiriche-rannsachaiddh Institùid chliùiteach Adam Smith:

**"Chan fheumadh Alba neo-eisimileach cead Shasainn gus cumail oirre an not sterling a chleachdadadh. Gu dearbh, 's ann a bhiodh i na b' fheàrr dheth a' cleachdadadh an not gun an leithid sin de chead a bhith aice.**

**Tha e coltach gum biodh siostam ionmhasach agus eaconamach na bu stèidhichte aig Alba neo-eisimileach nan robh i a' cleachdadadh an not mar airgead bunaiteach às aonais cead riaghaltas Shasainn, na siostam ionmhasach agus eaconamach Shasainn fhèin."** [23]

Tha an t-Oll. Lawrence White à Institùid nan Gnothaichean Eaconamach ag aontachadh; na bheachdsan, ged a dh'fhàgadh an leithid de chleachdadadh neo-fhoirmeil às aonais prìomh-bhanca nàiseanta, dh'fhaodadh gum biodh an suidheachadh sin na rud math:

**"Mus gabhte ris gum feum prìomh-bhanca a bhith ann mu choinneamh chlisgidhean-bancaireachd, dh'fheumte dearbhadh gu bheil clisgidheadh nas bitheanta agus nas miosa ann an dùthchannan anns nach eil prìomh-bhanca na tha iad ann an dùthchannan sa bheil.**

**'S ann a tha fianais ann dhan chaochladh.**

**Faodaidh buidhnean-iasaid deirinneach cur ri clisgidhean-bancaireachd gun fhiosta, le bhith a' toirt**

***seachad gheallaidhean-sàbhalaidh, gu fosgailte air neo fos n-ìosal, a bhrosnaicheas bancaichean gus gabhail ri cunnartan ro mhòr.” [24]***

Co-dhiù no co-dheth, tha a' mhòr-chuid de dh'eòlaichean ag aontachadh nach eil ann am bagairtean pàrtaidhean an Aonaidh ach gaoth. Ann am Màirt 2014 dh'innis Janan Ganesh bho na *Financial Times* (bha e ag obair dhan *Economist*, agus sgriobh e eachdraidh-bheatha George Osborne ann an 2012) dha *Sunday Politics* a' BhBC:

***“Ma bhòtas na h-Albannaich airson neo-eisimileachd, tha fhios gun tig iad gu aonta mun airgead, oir chan eil e na buannachd do Lunnainn droch fhaireachdainnean a bhith ann eadar i fhèin agus Dùn Èideann.” [25]***

Sin am beachd a bh'aige as dèidh dha ministear-riaghaltais RA gun urra innse dhan *Guardian*:

***“Tha fhios gum biodh aonadh-airgid ann” [26]***

Gruinn làithean as dèidh sin, thuirt Anton Muscatelli – ollamh eaconamais ann an Oïlthigh Ghlaschu, seann neach-comhairle dha Banca an t-Saoghal agus dhan Choimisean Eòrpach, comhairliche air poileasaidhean airgid dha Comataidh Taghta Roinn Ionmhais Thaigh nan Cumantan, agus seann neach-cathrach Choimisean Chalmain mu thiomnad chumachdan – gun robh riaghaltas na RA a' feuchainn ris an car a thoirt asainn. Thuirt e seo ann an artaigil dha na *Financial Times* anns an do mhìnic e carson a bhiodh e amaideach is gun chiall aonadh-airgid a dhiùltadh:

***“Bhiodh gach taobh a' faighinn buannachd à aonadh-airgid soirbheachail – agus gu sònraichte an còrr den RA.***

***An rud as mothà a nì cron air a' chòrr den RA le bhith a' diùltadh aonadh-airgid Sterling, 's e sin am milleadh a nì e air a' mhalaир agus air a' ghniomhachas aice fhèin. As bith dè an ro-innleachd phoilitigeach a th' air a chùl, bhiodh e coltach ri anadas eaconamach.” [27]***

As bith dè thachras as dèidh bhòt Bu Chòir, co-dhiù an aontaich riaghaltas na RA ri aonadh-airgid gus nach aontaich (ged a tha a h-uile coltas ann gun aontaich), CUMAIDH Alba an not. Air sgàth nàdar Sterling, seo të den àireamh bheag de phuingean anns an deasbad seo mum faodar barrantas cinnteach a thoirt.

*Tùsan-fiosrachaidh*

[23] Institiùd Adam Smith; [24] Institiùd Ghnothaichean Eaconamach;  
[25] BBC 1 Alba; [26] Guardian; [27] Financial Times

## (ii) Slàinte

'S toil le iomairt Cha Bu Chòir othail agus èigheachd a dhèanamh mu bhuidhnean fèillmhòr anns an RA leithid an NHS, 's iad a' toirt oirnn tuigsinn gun tèid an call no an truailleadh an lùib bhòt Bu Chòir. Ach, gu h-iongantach, tha aon rud cudromach ann air nach eil cus dhaoine eòlach: 's e sin nach eil, agus nach robh a-riamh, an leithid de rud ann ri "NHS na Rìoghachd Aonaichte".


Chaidh a' bhuidheann ris an can sinn "an NHS" a chruthachadh ann an 1948, às dèidh trì Achdan Pàrlamaid eadar-dhealaichte ann an 1946, 1947, agus 1948, is mar thrì bhuidhnean diofraichte – NHS Shasainn agus na Cuimrigh, NHS Alba, agus Slàinte agus Cùram Sòisealta ann an Èirinn a Tuath (HSCNI). Bhon latha a chaidh an stèidheachadh, bha iad uile gu tur neo-eisimileach bho chèile.

Ann an Achd Sheirbhis Nàiseanta na Slàinte 1946, mar eisimpleir, tha an teagsa gu soilleir a' dèanamh iomradh air:

**"stèidheachadh seirbheis-slàinte iomlain ann an Sasainn  
agus anns a' Chuimrigh" [28]**

Chaidh NHS Shasainn agus NHS na Cuimrigh a sgaradh ann an dà bhuidhinn fa-leth ann an 1969 [29], agus 's ann fo stiùir Sheanadh na Cuimrigh a tha an t-seirbheis Chuimreach.

Chan e a-mhàin gu bheil seirbhis cùram-slàinte Èirinn a Tuath, HSCNI, air leth bhon fheadhainn eile, ach 's e seirbheis de SHEÒRSA eadar-dhealaichte a th' ann. Mar a thuigeas sibh bho h-ainm – eu-coltach ri seirbhisean Alba, Shasainn, agus na Cuimrigh – tha HSCNI a' dèiligeadh chan ann a-mhàin ri cùram-slàinte ach ri cùram sòisealta, roinn a tha fo smachd nan ùghdarrasan ionadail anns na trì dùthchannan eile.



Tha e na dhearbhadh air cho math 's a tha na ceithir bhuidhnean ag obrachadh còmhla gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine a' creidsinn gu bheil direach aon NHS anns an RA. 'S gann gum faic euslaintich direach cho toinnte 's a tha an co-obrachadh san t-seirbheis thar nan diofar chrìochan.

Ach a dh'aindeoin sin, THA iad fhathast gu tur air leth bho chèile. As bith dè chaidh innse dhuibh a cheana, chan eil còraichean laghail sam bith aig muinntir na h-Alba a thaobh a bhith a' faighinn cobhair ann an ospadal Sasannach, Cuimreach, no Èireannach. Ann an da-rìrbh, 's ann an ire mhath priobhaideach a tha gach uile cobhair is cuideachadh a gheibh euslaintich Albannach ann an pàirtean eile den RA (tha seo fior an rathad eile cuideachd), ach a-mhàin gur i NHS Alba a dhèiligeas ris na cosgaisean, a thèid a phàigheadh dhan ospadal Shasannach mar mhalairt choimeirsealta.

Tha sin a' ciallachadh nach bi buaidh sam bith aig neo-eisimileachd na h-Alba air an NHS, chionn 's e ceithir seirbhisean gu tur neo-eisimileach a th' innte co-dhiù. Tha Riaghaltas na h-Alba a' maoineachadh agus a' stiùireadh NHS Alba. Tha na structaran is an t-eagrachadh a dh'fheumas NHS Alba airson co-obrachadh le seirbheisean-slàinte eile na RA stèidhichte a cheana, agus thathas air a bhith gan cleachdadh gach uile latha airson faisg air 70 bliadhna.

Ma thachras bhòt Bu Chòir, chan fheum càil sam bith den seo atharrachadh. Cumaidh an t-seirbheis a' dol direach mar a tha i an-dràsda.

Chan e agairt gun stèidh a tha seo: sin mar a tha cùisean co-dhiù. Nuair a rinn a' bhuidheann an aghaidh neo-eisimileachd "Vote No Borders" sanas-fiolm anns a' Chèitean, 's iad a' cur an cèill nach biodh ospadal leithid Great Ormond Street a' toirt cobhair dha cloinn à Alba, chaidh an t-ospadal as àicheadh sin, is iad gu math feargach [30]. Thuit iad gu robh an sanas "glè mheallta" agus chuir iad an cèill gum bu chòir dha sgur (agus sin a thachair).

Gu mi-fhortanach cha do dh'iarr Vote No Borders beachd Ospadal Great Ormond Street a thaobh na sanasachd aca. Chan eil sinn ag aontachadh air aon chor ris na teachdaireachdan aca, no ri teachdaireachdan buidhne-iomairt poilitigich sam bith. Tha sinn air bruidhinn ris a' bhuidhinn Vote No Borders, is air iarraidh orra an sanas a thoirt às an taigh-dealbh cho luath 's a ghabhas, agus chaidh barantas a thoirt dhuinn gun tachair seo ro màireach (Diardaoin), air a' char as fhaide.

Mar a chanas sibh fhèin gu h-ìosal, tha an sanas gu math meallta, agus

tha sinn ag obrachadh gus inntinnean teaghlaichean Albannach sam bith a bhruidhneas rinn mu chùram-slàinte sònraichte leantainneach dhan cuid cloinne a chur aig fois. Tha co-aontachaidhean mu chùram-slàinte aig GOSH le iomadach dùthach mar-thà, agus 's tric a bhios sinn a' toirt cobhair dha euslaintich bho air feadh na Roinn-Eòrpa, mar thoradh air an t-sàr-eòlas sònraichte a th' againn.

Mar an ceudna, nuair a chuir Gordon Brown an cèill anns an luchar 2014 gun cuireadh neo-eisimileachd casg air ath-chur òrganan agus coimeasgachadh fala thar na crìche [31], chaighd Faill agus Ath-chur NHS an cèill gu math sgiobalta barantas làidir ùghdarrasach gu robh na thuirt Mgr Brown gu tur am ceàrr:

***“S urrainn dhomh dearbhadh nach bi buaидh sam bith aig neo-eisimileachd na h-Alba air ath-chur òrganan. Leanaidh an siostam mar a tha e an-dràsda.”*** [32]

(Rinn tàrr phàipearan-naidheachd agus buidhnean-mheadhanan ann an Alba iomradh air an sgeul-eagail seo mar a nochd i an toiseach. Cha tug aon ghin aca guth air mar a chaighd a breugnachadh às dèidh làimh.)

Ma thachras bhòt Cha Bu Chòir, ge-tà, 's ann gu math eadar-dhealaichte a bhios cùisean. Thathas a' priobhaideachadh an NHS ann an Sasainn gu math cabhagach [33]. Anns an Òg-mhìos 2014, chaighd ministear-slàinte na RA Janet Ellison a chlàradh gu diomhair, 's i ag innse dha buidhinn-poileasaidh Thòraidhich:

***“Chan eil fhios agam cò mheud agaibh an seo a tha a' tuigsinn gun tug sinn seachad, an lùib Achd Lansley, stiùireadh an NHS, an ire mhath, is tha sin a' ciallachadh gu bheil an rud air am bi a' mhòr-chuid a-mach nuair a bhios iad a' bruidhinn air slàinte [an NHS] ... tha grunn innealan ro-innleachdach cudromach againn, ach chan eil smachd làitheil cheart againn idir.”*** [34]

Dh'innse rùnaire-cùil na slàinte nan Làbarach, Andy Burnham, is e a' bruidhinn air an aon Achd ("Achd Lansley", an achd ris an canar gu ceart Achd Slàinte agus Cùraim Shòisealta 2012) dhan phàipear-naidheachd an *Independent*, gur e:

***“Priobhaideachadh na seirbheis-slàinte ‘bun-adhbhar’ na h-Achd Slàinte agus Cùraim Shòisealta. Ma dhraghar an NHS sios an t-slighe sin, thèid a sgrios; slugaidh e na tha prìseil mun NHS.***

***Tha gach uile comhairle laghail a tha mi a' faighinn ag innse, ged a bhios sinn air chomas, air èiginn, an t-seirbheis a thoirt air ais aig taghadh 2015, às dèidh sin bidh i air a call.*** [35]

Dh'innis an seann Àrd-Oifigeach Medigeach airson Alba, Sir Harry Burns, dha BBC Scotland anns an luchar 2014 gum biodh neo-eisimileachd "na deagh rud" dha slàinte na h-Alba:

***"An-dràsda, tha co-dhùnайдhean – gu sònraichte mun t-seirbheis slàinte – a tha gan ruighinn ann an Sasainn gu tur diofraichte ri na co-dhùnайдhean a thathas a' dùanamh ann an Alba.***

***Tha sin gu math cudromach, chionn tha mi iomagaineach mun t-slighe a tha an t-seirbheis slàinte a' gabhail ann an Sasainn.*** [36]

Ach ma tha seirbheisean-slàinte Shasainn agus Alba gu tur air leth bho chèile, carson a tha prìobhaideachadh agus lèirsgrios NHS Shasainn cudromach dha Alba?

Tha e cudromach oir thathas a' tomhais buidsead na h-Alba mar roinn de na chosgas riaghaltas Shasainn. Nan deidheadh/ma thèid an NHS ann an Sasann a phrìobhaideachadh gu tur, cha bhiodh am buidsead a th' aig NHS Shasainn an-dràsda, faisg air £100bn [37], a' bruthadh a' phutain airson tabhartas co-fhreagarrach dha Alba a-rèir "Siostam Bharnett" [38]. Bheireadh sin air falbh mu £10.2bn bho bun-tabhartas na h-Alba.

Tha an t-suim sin faisg air a' bhuidsead bhliadhnaill slàn de £11.9bn [39] aig NHS Alba. 'S e barrachd air trian de bhuidsead Riaghaltas na h-Alba uile gu lèir a th' ann, (£30bn [40]), agus tòrr a bharrachd air na b' urrainn dha Holyrood a shàbhaladh le bhith a' gearradh sheirbheisean eile air ais.

Fiù 's nan rachadh pàirt de NHS Shasainn a phrìobhaideachadh, stialladh sin na builleanan de notaichean air falbh bhon bhuidsead Albannach. Agus tha cunnartan eile ann an lùib prìobhaideachadh NHS Shasainn. Chaidh cùisean a mhìneachadh le Iain Macwhirter anns a' *Herald* anns an luchar 2014:

***"S ann mar thoradh air sreach fhada de chonaltraidhean eadar an EU agus na Stàitean mu fhuasgladh na malaирte a thàinig an Caidreachas Thar-Chuain Malairteach agus In-ionmhasach (TTIP) gu bhith. Tha fear de bhun-***

*phrionnsabalan a' chaidreachais a' cumail a-mach gum  
bu chòir dha seirbheisean – seirbheisean-stàite nam  
measg – a bhith fosgailte dha farpais phriobhaideach bho  
bhuidhnean ioma-nàiseantach Aimeireaganach.*

**A-rèir Garcia Bercero, oifigeach Choimisean an EU a tha an urra ri TTIP, thèid seirbheisean-slàinte na Roinn-Eòrpa fhosgladh dha farpais phriobhaideach a-mhàin ann an suidheachaidhean far a bheil priobhaideachadh stèidhichte mar-thà. Tha sin a' ciallachadh, far a bheil seirbheis-slàinte an urra ris an stàit a-mhàin, nach urrainn dha companaidhean bho dhùthchannan cèin cùisean-lagha farpais mì-chothromaich a thogail an aghaidh an riaghaltas sin.**

**Ach dh'fhsogail Achd Slàinte agus Cùram Shòisealta na Rìoghachd Aonaichte siostam na RA dha TTIP, leis mar a tha i a' toirt a-steach, a dh'aona ghnothaich, margaid phriobhaideach ann a bhith a' solarachadh slàinte ann an Sasainn. As dèidh bhòt Cha Bu Chòir, faodaidh luchd-solarachaидh priobhaideach agus companaidhean àrachais an àrgamaid a dhèanamh, leis mar a tha Alba na ceàrnaidh den RA seach na dùthraig uachdarail, nach urrainn dhi a bhith tèarainte bho sharpais a thaobh solarachadh slàinte.” [41]**

Mar sin, ged a tha na ceithir seirbheisean-slàinte anns an RA gu tur neo-eisimileach mar-thà, chan eil teans sam bith ann gun seas NHS Alba ri làn-air neo páirt-phriobhaideachadh NHS Shasainn, nan robh Alba fhathast anns an RA.

Ach bhiodh Alba neo-eisimileach, le làn smachd air an teachd a-steach aice fhèin (an àite Alba le cumhachdan tiomnaichte an urra ri tabhartas-airgid bho Westminster) air chomas NHS Alba a dhòn, as bith dè thachras ann an àiteachan eile.

#### Tùsan-fiosrachaidh

[28] Leabharlann Thaigh nan Cumantan; [29] Wikipedia; [30] Ospadal Great Ormond Street; [31] Courier; [32] Fuil agus Ath-chur NHS; [33] Marcus Chown; [34] Guardian; [35] Independent; [36] BBC Scotland; [37] NHS Shasainn; [38] Wikipedia; [39] Wikipedia; [40] BBC Scotland; [41] Herald

Na ceanglaichean gu lèir aig  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

### (iii) Peinnseanan

Tha tàrr de muinntir na h-Alba iomagaineach mu pheinnseanan, agus mar sin tha iomairt Cha Bu Chòir a' cur seachad mòran uine ann a bhith a' feuchainn ri eagal a chur air daoine ach an creid iad gu bheil neo-eisimileachd a' bagairt cur às dhan pheinnsean aca. Ach, dìreach coltach ri cùisean an airgid, tha peinnseanan air tè de na puingean ainneamh ud anns an deasbad mu neo-eisimileach air am faodar bruidhinn le fios agus cinnt.

Mar eisimpleir, anns a' Chèitean 2014 thuirt am BP Làbarach Ian Davidson, neach-cathrach Chomataidh Taghta Ghnothaichean na h-Alba, ann an Taigh nan Cumantan mar a leanas:

***"Ma thachras sgaradh, cha bhiodh buaidh sam bith aige  
air peinnsean-stàite duine sam bith ann an Alba [...]  
chumadh iad orra a' faighinn ire a' pheinnsein-stàite,  
coltach ri gach uile duine eile anns an RA ... faodaidh  
daoine a bhith cinnteach às gu bheil na peinnseanan aca  
sàbhailte."*** [42]

Bha Mgr Davidson air an aon duan ri aithris dhan chomataidh a chaidh a thoirt seachad le ministear nam peinnseanan ann an riaghaltas na RA, Steve Webb, air an robh iomradh anns an *Albannach* air an aon latha:

***"Rachadh peinnseanan-stàite a phàigheadh fhathast as  
dèidh neo-eisimealachd, dh'innis ministear RA dha buill-  
phàrlamaid, a dh'aindeoin nan draghan a thog muinntir  
iomairt Nas Fheàrr Còmhla.***

***Ann a bhith a' toirt seachad fianais dha Comataidh  
Taghta Ghnothaichean na h-Alba, thuirt ministear nam  
peinnseanan, an Lib-Deamach Steve Webb, gum  
faigheadh duine sam bith a bha air àrachas nàiseanta na  
RA a phàigheadh a chuid peinnsein-stàite a dh'aindeoin  
dè thachradh anns an reifreann.***

***Tha an aithris seo a' dol an aghaidh an iomraidi  
iomagainich a thog an seann sheansailear Làbarach  
Alistair Darling, ceannard iomairt Nas Fheàrr Còmhla."***  
[43]

Bha fios air a bhith ann mun t-suidheachadh fada roimhn an sin co-dhiù, nuair a rinn Roinn na h-Obrach agus Pheinnseanan aithris dhen aon sheòrsa ann am Faoilleach 2013:

**“Ma bhios Alba neo-eisimileach, cha bhi buaidh sam bith aig an sin air ur peinnsean-stàite: gheibh sibh an uair sin e direach mar a tha sibh ga fhaighinn an-dràsda.**

**Faodaidh duine sam bith a tha a' faighinn peinnsean-stàite, no a tha airidh air, an aon pheinnsean fhaighinn fiù 's ma bhios iad a' fuireachd thall thairis. Mas ann an dùthaich Eòrpach a tha iad, no dùthaich aig a bheil co-aontachadh ri Breatainn, 's ann a chumas iad orra a' faighinn meudachadh bliadhnaile, direach mar a gheibheadh iad nan robh iad ann am Breatainn fhèin.”**

[44]

Bidh peinnseanan na roinne poblach a cheart cho sàbhailte. Anns a' Chèitean am bliadhna chuir Neil Walsh, oifigeach-pheinnseanan an aonaidh luchd-obrach Prospect (a tha neòdrach mu neo-eisimileachd), a rugadh ann an Èirinn, air dòigh coinneamh fòin buill an aonaidh ach am minicheadh e dè dh'eireadh dhaibh fhèin, agus dha daoine coltach riutha, an lùib bhòt Bu Chòir.

**“Mas e ball a th' annaibh de sheama-pheinnseanan na roinne poblach a tha ùghdarris Albannach a' liubhraigeadh mar-thà – nam measg sin an NHS, sgeama-pheinnsean an luchd-teagaisg, ùghdarris luchd-smàlaidh, peinnseanan riaghaltasan ionadail – ris an fhìrinn innse chan urrainn dhomh smaoineachadh gu dè bhiodh eadar-dhealaichte fo neo-eisimileachd, chionn tha sibh a' faighinn peinnsean-obrach bho ùghdarris Albannach mar-thà.**

**Rachadh an t-uallach airson gach uile sgeama a tha sin, NHS, luchd-teagaisg, poileas, luchd-smàlaidh, riaghaltasan ionadail, a ghabhail thairis le Alba neo-eisimileach, agus rachadh a liubhraigeadh air an aon dòigh ris a bheil sibh air a bhith cleachdte daonnan.”** [45]

Air cuspair peinnseanan na roinne poblach anns an RA gu lèir, leithid na feadhainn a bhuineas dha na feachdan armaichte agus dhan t-seirbheis chatharra, thuirt Walsh gum b' fheudar dhan dà riaghaltas conaltraidhean a chumail eatorra, ach cha bu chòir dha duine a bhith draghail agus nach biodh buill nan sgeamaichean mothachail dha atharrachadh sam bith:

**“Tha Riaghaltas na h-Alba ag ràdh gur i an dòigh as fhreagarrache air dleasdanasan a roinn, 's e gun gabh**

*iadsan, ri linn neo-eisimileachd, an t-uallach airson  
pheinnseanan-stàite agus peinnseanan na roinne  
poblaich aig gach uile neach a bhios a' fuireachd ann an  
Alba neo-eisimileach aig an àm. Tha Riaghaltas na RA a'  
cumail a-mach gur dòcha nach i seo an dòigh as  
fhreagarrache.*

*Ach cha chreid mi gu bheil duine a' cumail a-mach nach  
bi cuideigin air choireigin an urra ris a' pheinnsean  
roinne poblaich agaibh. Bhiodh an co-dhùnadh an  
crochadh air conaltraidhean eadarra fhèin. Mar bhall de  
sgeama, bu chòir dhuibh cumail oirbh a' sìor phàigheadh  
nan cuibhreannan, mas e ball gnìomhach a th' annaibh,  
air neo a' sìor fhaighinn nam buannachdan, mas e ball  
aois-pheinnsein a th' annaibh.” [45]*

An aon mhì-chinnt a tha air èirigh, 's e sin peinnseanan aig àiteachan-obrach priobhaideach. Tha riaghailtean an EU a' cur an cèill slatantomhais maoineachaidh dha peinnseanan a tha gan tabhann thar chrìochan nàiseanta, agus dh'fheumadh sgeama sam bith a dh'obraicheadh air feadh na RA gabhail riutha sin.

Ach tha iomadach dòigh ann anns am faigheadhamaid seachad air an trioblaid seo. An rud as simplidhe buileach, 's e sin gun cuireadh buidheann-mhalairt sam bith le sgeama mar seo oifis Albannach air bhonn, ach an stiùireadh iad diofar phàirtean den obair a rèir am buin iad dha Alba no dhan chòrr dhen RA. Ach bidh e an urra ri gach companaidh taghadh fa leth a dhèanamh a-thaobh dè am fuasgladh as fheàrr a fhreagras orra. Gu mi-fhortanach, 's e cnag na cùise nach urrainn dhuinn freagairt ioma-ghabhaltach no freagairt roimh-làimh a thoirt seachad.

(Ann an suidheachaidhean a thachair roimhe fo bhuidh nan aon riaghailtean, leithid mar a thachair eadar an RA agus Éirinn, chuir na riaghaltasan a bha an sàs anns a' ghnothach aontachaidhean geàrr-ùine air bhonn fhad 's a chaidh cùisean a rèiteachadh [46]. Gu mi-fhortanach, tha riaghaltas Westminster a' diùltadh eadhan beachdachadh air an leithid seo de rèiteachadh roimhn reifreann.)

Ach cha bu mhisde dhuinn aon phuing eile a thogail: ged a dh'fhuiricheamaid anns an RA cha bhiodh barantas sam a bharrachd ann a thaobh pheinnseanan.

- Gu ruige seo, tha 'creach iomraiteach nam peinnsean' a rinn Gordon Brown goirid as dèidh dha an t-Seansailearachd fhaighinn

ann an 1997 air £118bn a spùilleadh air falbh bho luchd-peinnsein na RA, timcheall air £12,000 gach duine [47], agus bidh a' chreach ud a' goid airgead bhupa gach uile bliadhna gu ruige latha am bàis.

- Tha e fainear dhan RA aois a' pheinnsein-stàite àrdachadh gu 70 airson an dà chuid fireannaich agus boireannaich [48]. Le cuid de dhaoine, gu sònraichte boireannaich, chunnaic iad mar-thà an aois aig an robh dùil aca an dreuchd a leigeil dhiubh a chur suas còig bliadhna fo atharrachaidhean a rinneadh le riaghaltasan Lèbarach agus Toraidheach. [49]
- Anns an Òg-mhìos 2013, nochd aithisg bho Chruinneachadh Nàiseanta an Luchd-Peinnsein an droch-sheirbhis a fhuair luchd-peinnsein na RA bho Westminster:

***"A-rèir nam figearan as ùire bhon Oifis airson Staitistigs Nàiseanta, tha luchd-peinnsein Breatannach am measg an fheadhainn as bochda anns an Roinn-Eòrpa air fad, le còrr agus dà mhuillean seann duine fo chunnart na bochdainn.***

***A-mach à 27 dùthchannan Eòrpach, chaidh an Rioghachd Aonaichte a thomhais anns a' cheathramh àite bhon bhonn, le barrachd air a' chòigeamh earrainn (21.4%) de Bhreatannaich aosta 'gam measadh fo chunnart na bochdainn ann an 2010; tòrr nas àirde na àireamh mheadhanach na Roinn-Eòrpa air fad, aig 15.9%.***

***Am bun-adhbhar air cùl an t-suidheachaидh seo, 's e sin siostam uireasach nam peinnsean-stàite anns an RA. A-rèir nan coimeasan as ùire aig an EU, tha coimeasan eadar am peinnsein-stàite agus an tuarasdal àbhaisteach anns an dùthaich a' sealltainn gu bheil an RA aig bonn de chlàr de 25 dùthchannan Eòrpach.***

***Airson luchd-cosnайдh àbhaisteach, tha ìre-riochdachaидh na RA, 17%, fada nas isle na am figear àbhaisteach anns an EU air fad, 57%." [50]***

Chan eil firinn sam bith sa bheachd gun toir bhòt Cha Bu Chòir tèarainteachd no cinnt sam bith mu pheinnseanan. Chan urrainn dha duine sam bith innse dè na rudan a nì an ath riaghaltas a thaghlas Sasainn.

Tùsan-fiosrachaidh:

[42] Hansard/YouTube; [43] An t-Albannach; [44] DWP; [45] Prospect; [46] Freshfields Bruckhaus Deringer; [47] Daily Mail; [48] Guardian; [49] Money Observer; [50] Cruinneachadh Nàiseanta an Luchd-Peinnsein  
Na ceanglaichean gu lèir aig  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

## (iv) Ola

Bidh riaghaltas na RA, agus pàrtaidhean na RA, a' feuchainn ri dìmeas a dhèanamh air beairteas ola na h-Alba an-diugh, direach mar a rinn iad dìmeas air agus a chleith iad e oirnn e, bhon mhionaid a chaidh ola a lorg an toiseach anns na 70an (faicibh Caibideil 1). Thuit luchd-poilitigs Làbarach agus Toraidheach aig an àm gum biodh sruth na h-ola a' crionadh anmoch anns na 1980an, agus a-riamh bhon uair sin tha iad air a bhith a' dèanamh fhàisneachdan nach bi fada gus an cròn e. [51]

Ach san luchar am bliadhna, thuit an t-Oll. Sir Donald Mackay, a tha na ball de Reform Scotland, buidheann-comhairleachaidh mu thiomnadhs-chumhachdan, agus na comhairliche eacnamaich dha riaghaltas na RA airson 25 bliadhna, gu robh figearan Westminster a' cur an ire dhuinn gu robh luach na h-ola £8 buillean na b' isle na bha i ann an da-rìribh.

**"Mar fhianais, tha Mackay a' comharradh ro-aithrisean oifigeil Oil & Gas UK, 's iad a' cur an cèill gum biodh teachd a-steach Alba neo-eisimileach ann an 2017–19 faisg air £32bn, dà uibhir cho àrd ris an ro-aithris de £15.8bn aig Oifis Uallach a' Bhuidseit."** [52]

**"Canaidh e nach eil mearachd sam bith ann an ro-aithrisean Riaghaltas na h-Alba mun ola anns an àm ri teachd, mar a thagair Danny Alexander, àrd-rùnaire dhan Ionmhas."** [53]

Dhèanadh £8bn gach bliadhna a' chùis gus eadhan an easbhaidh-airgid a bu mhiosa a dh'fhuilingeadh Alba neo-eisimileach a-rèir mheasaidhan na h-iomairt Cha Bu Chòir (£7.6bn) [54], a dhuhadh às gu tur, agus tòrr a bharrachd airgid a thoirt dha Alba cuideachd.

Tha fhios gun tig an latha nuair a chrònchas sruth na h-ola. Ach fiù 's ged nach cunntamaid ach na tobraichean-ola air a bheil fios againn mar-thà, mairidh iad sin iomadach deichead fhathast. Agus tha eòlaichean a' ghniomhachais a' creidsinn gu bheil, a-rèir gach coltais, tobraichean mòra ùra fhathast rin lorg [55], nam measg feedhainn air an taobh siar

nach b' urrainn dha companaidhean-ola a rannsachadh gu ruige seo leis mar a tha luing-fo-thuinn Trident san sgìre [56].

Cuideachd, ann an 2013 chlò-bhuail am fear-gníomhachais-ola beairteach Sir Ian Wood aithisg – fo sgèith Roinn a' Chumhachd agus a' Chliomaid, 's e a' tarraing air conaltraidhean le companaidhean-ola mòra – a nochd gum b' urrainn dhuinn, le leasachaidhean anns a' ghníomhachas, £10bn a bharrachd de theachd a-steach fhaighinn gach bliadhna airson an ath fhichead bliadhna [57].

Tha tide gu leòr againn an t-airgead seo a chosg ann an dòighean glice airson buannachd fad-ùine na h-Alba, an àite a bhith ga chaitheamh mar a rinn Westminster thairis air an 40 bliadhna a chaidh seachad – 's iad an RA agus Iran na h-aon dùthchannan anns an t-saoghal a lorg ola agus NACH DO STÈIDHICH maoin-ola airson an ama ri teachd [58].

(Cha do chuir Nirribhidh a' mhaoin-ola aicese air bhonn gu ruige 1990 [59], agus a-nis tha barrachd air £500bn innte [60]. An 'trioblaid' as mothà a tha a' cur air Nirribhidh, 's e gu bheil cus airgid aice [61].)

Ach faodar a bhith dòchasach fhathast mun àm ri teachd. Tha Alba loma-làn chothroman airson chumhachdan ath-nuadhachail neo-thruailte [62], cumhachdan a bhios beò gu bràth. Ma chosgas sinn cuid de bhuannachdan na h-ola air cumhachdan na gaoithe, nan tonn, a' mhuir-lìn, agus nan gleann thairis air na deicheadan a tha a' tighinn, nì sinn cinnteach gum lean Alba 'na dùthaich bheartich airson nan linntean mòra romhainn.

## Ceistean

**C:** “Ach dè thachras ma chuireas Arcaibh agus Sealtainn rompa fuireachd anns an RA, air neo neo-eisimileachd fhaighinn dhaibh fhèin?”

**F:** A-rèir an lagh, tha Arcaibh agus Sealtainn mar phàirtean de dh'Alba, agus cha bhiodh e càil na b' iomchaidh dhaibh reifreann ionadail a chumail air an ceann fhèin seach muinntir na h-Eaglaise Brice, Cheann Phàdraig, air neo muinntir Shràid Sauchiehall. Dh'fhaodadh iad gluasad politigeach airson neo-eisimileachd a chur air bhonn ceart gu leòr, air neo iomairt airson reifreann mu neo-eisimileachd air neo mu bhith a' tilleadh air ais dhan RA, ach mar a tha cùisean chan eil an leithid sin de ghluasad ann.

Ach eadhan nan dèanadh iad sin, a-rèir lagh eadar-nàiseanta nan cuantan 's e iadhtagan no *enclaves* a bhiodh annta, chionn bhiodh am fearann aca gu tur air iadhadh le fearann na h-Alba [63]. Bhiodh sin a' ciallachadh nach fhaigheadh na h-eileanan sin ach crìoch 12-mile bho na cladaichean, agus chan fhaighear mòran ola idir anns na ceàrnaidhean sin.

Tùsan-fiosrachaidh:

[51] Caochladh Thùsan; [52] Sunday Times; [53] Sunday Times; [54] “Nas Fheàrr Còmhla”; [55] Telegraph; [56] Sunday Post; [57] An t-Albannach; [58] Wikipedia; [59] Fletcher Tufts; [60] Wikipedia; [61] BBC; [62] Wikipedia; [63] Wikipedia

Na ceanglaichean gu lèir aig

<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

## (v) Dion agus Tèarainteachd

Anns a' mhìle bliadhna a chaidh seachad, cha robh ach aon dùthaich a dh'fheuch ri ionnsaigh a thoirt air Alba air tìr. (Bhiodh e mì-mhodhail a h-ainmeachadh, ach tha i mu dheas, gun a bhith fad air falbh.) An-diugh, chan eil feachdan armaichte nàimhdeil a' bagairt air Alba ann.

Tha ar nàbaidhean faisg oirnn ann an Innis Tile a' dèanamh na cùise as aonais fheachdan armaichte idir – ach corra long mhaor-chladaich bheag – airson a' cheud bliadhna a chaidh seachad [64]. Ann am bun-reachd Chosta Rica, dùthaich aig a bheil sluagh faisg air an aon mheud ri Alba, tha feachdan armaichte air a bhith gu tur toirmisgte bho 1949 [65]. Cha tug duine a-riamh ionnsaigh air Costa Rica.

Ghlèidheadh Alba feachd-airm, ach ris an fhìrinn innse bu bheag feum a chuireamaid oirre. Ann an da-rìribh, tha Alba a' feumachdainn cabhlach agus feachd-adhair, gu sònraichte gus croinn-ola a' Chuain a Tuath a dhòn (ged nach do dh'fheuch duine a-riamh ri ionnsaigh a thoirt orra).

Gu mì-fhortanach, am broinn na RA cha mhòr gu bheil dòn sam bith air cladaichean agus maoineas na h-Alba. 'Nuair a sheòl long-chogaidh Ruiseanach faisg air Linne Mhoireibh anns an Dùblachd 2013, cha robh bàta sam bith aig a' Chabhlach Rìoghail a rachadh ma coinneamh ach HMS *Defender*, agus thug ise latha gu lèir a' dèanamh a slighe bho cheann a deas Shasainn gus sùil a chumail air an t-seachranach.

***'Thàinig an long-chogaidh Ruiseanach, le cuid mhisilean, na b' fhasge na 30 mile bhon chosta roimhn Nollaig. Air sgàth ghearraidhean Ministrealachd an Dion, cha robh long aca ri làimh ach an long-sgriosaidh HMS Defender, 's i stèidhichte ann am Portsmouth. B' ann gu math fuar a bha a' choinneamh eadar i fhèin agus an long Ruiseanach.***

***Thug an Type 45 24 uairean a thìde mus do ràinig i costa na h-Alba.” [66]***

Aig an aon àm, tha riaghaltas na RA air RAF Leuchars a dhùnadh, a' fàgail aon ghearasdan-adhair ann an Alba gu lèir, agus tha e a' toirt air falbh cairteal de mheud Airm Bhreatann, a' gearradh 20,000 dreuchd [67].

Tha an riaghaltas a' dèanamh seo uile ach an tèid aca air pàigheadh airson siostam airm-niùclasach Trident, agus airson an t-siostaim ùir a thèid 'na àite, siostam a chosgas, a-rèir coltais, £100bn [68]. Ach tha cha mhòr a h-uile duine ag aideachadh nach eil feum sam bith ann an Trident a thaobh cogaidh. Thuirt Tony Blair na eachdraidh-beatha ann an 2010 seo mun t-siostam:

***“Tha na cosgaisean uabhasach, agus a-thaobh cleachdadadh cogaidh, chan eil feum sam bith ann.” [69]***

Thuirt an seann rùnaire-dòn Toraidheach Michael Portillo mu Thrident ann an 2013:

***“Tha e fada seachad air a' cheann-latha reic aige. Chan eil e idir neo-eisimileach, chionn cha b' urrainn dhuinn a chleachdadadh às aonais nan Aimeireaganach, agus cha chuir e casg air duine sam bith, leis mar a tha sinn a-nis a' cur aghaidh air gnè de nàimhdean – an Taliban, Al Qaeda – nach toir feart sam bith dha armachd niùclasach. 'S e caitheamh-airgid gun chiall a th' ann, air a dhèanamh a-mhàin airson adhbharan inbhe nàiseanta.”***  
[70]

Agus tha caraidean mòra na RA iad fhèin ag iarraidh gun cuir an RA às dhan t-siostam. Thug iris Bhreatannach na làimhe deise, An *Spectator*, iomradh ann an 2013 air tagraighean a bha a' cumail a-mach gu robh muinntir airm nan Stàitean Aonaichte a' cur ìmpidh air an RA an siostam a thilgeil air an t-sitig, is iad ag ràdh:

***“Ann an sùilean muinntir Aimeireagea chan eil feum màthar ann an Trident, ach tha rudan eile ann air am faodadh Breatann an t-airgead a tha coisrigte ri Trident air an CUIREADH Aimeireagea fàilte, air neo a bhiodh, 's e sin ri ràdh, feumail dhaibh. Agus dha NATO cuideachd.”***  
[71]

Cha do chuir Trident stad air Argentina nuair a thug i ionnsaigh air Eilean nan Caorach. Cha do chuir e stad air ionnsaighean ceannairceach 7/7. Gu dearbh, cha do chuir armlann niùclasach Aimeireagaidh, 's eòrr na bu mhotha, stad air Iraq nuair a thug i ionnsaigh air Kuwait, agus cha do shàbhail e Ionad-Malairt an t-Saoghail bho lèirsgrìos.

Chan eil dùthchannan mòra Eòrpach eile leithid na Gearmailt a' faireachdainn gu bheil iad feumach air culaidh-bhacaidh niùclasach "neo-eisimileach", eadhan ged a tha iad tòrr nas fhaisge air feachdan a dh'fhaodadh a bhith nàimhdeil dhaibh, leithid na Ruis. Eadhan ged a tha crioch-tìre aice le Corea a Tuath, dùthaich gu math nàimhdeil agus le armachd niùclasach cuideachd, chan eil "culaidh-bhacaidh" niùclasach aig Corea a Deas. Ach tha David Cameron a' cur an cèill gur e "bagairt niùclasach" dhan RA a th' ann an Corea a Tuath, agus gum feumar "dòn" niùclasach na h-aghaidh.

(B' fhiach beachdachadh airson dà dhiog air dè thachradh nan TUGADH Corea a Tuath ionnsaigh air an RA, agus gun do chaith an RA armachd niùclasach air ais oirre. Chan iongnadh idir ged nach biodh Corea a Deas uabhasach dòigheil mun sin, agus cha bhiodh Sìona, aig a bheil crioch-tìre le Corea a Tuath, ro thoilichte a bharrachd. Chan eil bàile mòr Sheniang, anns a bheil an aon àireamh-sluagh ri Lunnaidh, eadhan 150 mìle bho Chorea a Tuath, faisg gu leòr airson a bhith fo sgàil nan neul puinnseanta marbhtach. Ann an da-rìribh, chan eil cunnart sam bith ann an Trident dha Corea a Tuath, chionn cha rachadh a chleachdadadh gu bràth.)

Tha cosgaisean na RA air gnothaichean-dòn air am measadh anns an t-siathamh àite anns an t-saoghal. Gach uile bliadhna tha riaghaltas na RA a' cosg £3.3bn "as leth" na h-Alba airson chùisean-dòn, mar phairt de làn bhuidseat aimh luach timcheall air 2.3% de GDP na RA. Tha a' Gemailt a' cosg direach 1.3% den GDP aicse air dòn, Nirribhidh 1.4%, agus Siapan 1.0%. [\[72\]](#)

Ann an 2012 [\[73\]](#) rinn Institiùd Rìoghail nan Seirbheisean Aonaichte tomhais gum b' urrainn dha Alba feachdan armaichte a mhaoineachadh "a dh'obraigheadh agus a ghabhadh maoineachadh" – le cabhlach uachdar na mara de 20 gu 25 luing – airson timcheall air an dàrna cuid de na thathas a' cosg an-dràsda (£1.8bn an àite £3.3bn). Tha na Nàiseantaich a' cur rompa £2.5bn a chosg. Tha seo fhathast a' sàbhaladh £800m gach bliadhna an tacà ris na thathas a' cosg an-diugh. Chan eil na pàrtaidhean eile air mion-fhiosrachadh a thoirt seachad mun chuspair idir.

## Ceistean

**C:** “Ach ma gheibh sinn cuidhteas Trident, dè mu dheidhinn dhreuchdan?”

**F:** A-rèir Ministrealachd an Dìon, ann an Alba chan eil ann ach 520 dreuchd shiobholtach an crochadh air Trident [74]. Anns na bliadhna chan a tha romhainn, bidh Trident agus an siostam a thig na àite (airson grunn bhliadhna chan bidh sinn a' pàigheadh gach cuid airson a bhith a' cumail suas a' chabhlaich niùclasach mar a tha e, agus airson a bhith a' togail an t-siostaim ùir) a' cosg eadar £200m agus £400m gach bliadhna dha Alba [75].

Ma ghabhas sinn am figear meadhanach, £300m, tha sin a' ciallachadh timcheall air £600,000 gach bliadhna airson gach dreuchd. Dh'fhaodadh sinn leth-mhuillean not a phàigheadh dha gach uile neach-obrach a tha an sàs ann an Trident gus an suidheadh iad nan gurraban air oir a' rathaid a' smèideadh ri luchd-turais, agus gach bliadhna bhiodh sinn fhathast a' caomhnadh airgead gu leòr gus pàigheadh airson òrduighean-leighis an asgaidh dhan dùthaich gu lèir.

Bhiodh e a' coimhead reusanta agus na bu chiallaiche a ràdh gum b' urrainn dhuinn an t-airgead sin a chosg air an sgìre ionadail, ach am biodh toradh mòran na b' fheàrr a' tighinn bhuaithe a-thaobh dhreuchdan.

**C:** “Ach ma thèid sinn ann an NATO, nach fheum sinn armachd niùclasach a chumail?”

**F:** Às na 28 buill de NATO an-dràsda, chan eil ach na trì aig a bheil armachd niùclasach (na Stàitean Aonaichte, an RA, agus an Fhraing). Tha Nirribhidh a' toirmeasg armachd niùclasach air an fhearann aice, agus tha Spàinn an aon rud – ach tha na dhà dhiubh sin ann an NATO fhathast.

Gu dearbh, is e an t-Àrd-Stiùiriche ùr air NATO Jens Stoltenberg à Nirribhidh. Ann am Màirt 2013 bha 130 dùthchannan an làthair aig co-labhairt ann an Nirribhidh far an do ghairm an dùthaich sin air an t-saoghal gu lèir cul a chur ri armachd niùclasach [76]. Mar sin, bhiodh e reusanta gabhail ris nach diùltadh ceannard Nirribheach NATO ballrachd dha Alba oir bha Alba a' diùltadh gabhail ris an leithid de dh'armachd.

**C:** “Ach dè mu dheidhinn togail luingeis?”

**F:** Fon RA, chrìon gnìomhachas togail-luingeis ann an Alba bho 34,000 dreuchd ann an 1972 gu ruige direach 6,000 an-diugh [77]. Nach ann air riaghaltas na RA a tha an aghaidh rabhadh a thoirt dhuinn gur i neo-eisimileachd a chuireas gnìomhachas togail-luingeis ann an cunnart.

**C:** “*Ach dè mu na cùmhnantan airson luing-chogaidh na RA?*”

**F:** ’S ann tric a bhios riaghaltas na RA a’ cumail a-mach nach do thog an RA luing-chogaidh iom’-fhillte a-riamh ann an dùthaich chèin ri linn sìthe. Ach anns an luchar am bliadhna, thuirt an rùnaire-dòn a bh’ ann aig an àm, Philip Hammond, gun rachadh an dàrna long-ghiùlain-eitealan den chlas Banrìgh Ealasaid a thogail ann an Ros Fhìobh, as bith dè thachradh anns an reifreann neo-eisimileachd.

**“Chaidh na cùmhnantan aontachadh mar-thà, chan eil dol-às ann as bith dè thachras, agus thèid am Prince of Wales a chur ri chèile an seo.”** [78]

Mar sin, tha Ros Fhìobh sàbhailte mar-thà, agus chaidh am beachd nach rachadh luing-chogaidh iom’-fhillte a thogail gu gnàthasach taobh a-muigh na RA a bhriseadh leis a’ *Prince of Wales*. Mar sin, chan eil càil a’ cur stad air luing-frigeaid Type 26 a bhith air an togail air Abhainn Chluaidh.

Thuirt BAE Systems, an aon bhuidheann-togail airson nan Type 26, gun dùineadh iad an gàrradh-togail a bh’ aca ann am Portsmouth (nach b’ urrainn an obair a ghabhail os làimh co-dhiù). Chan eil àite eile aca ann far am b’ urrainn dhaibh na luing ud a chur ri chèile. Thuirt iad mar-thà nach eil e san amharc aca an togail ann an àite sam bith seach Abhainn Chluaidh.

**“Tha ceannard luing-thogail air innse nach eil e idir fainear dha an obair a thoirt air falbh bho ghàrraidhean Albannach ma bhios an luchd-bhòtaidh a’ cur taic ri neo-eisimileachd.**

**Thuirt ceannard BAE Systems, Ian King, nach eil ‘planaichean don chaochladh’ aig a’ bhuidhinn a thaobh a bhith ag atharrachadh phàtran-obrach aig Baile a’ Ghobhainn agus Baile nan Albannach ma bhios sgaradh ann. Agus thug e rabhadh gum feum Ministrealachd an Dion ‘dèiligeadh ri’ buaidh-taghaidh Bu Chòir anns an reifreann.”** [79]

Ach fiù 's nan rachadh na h-òrdughan airson Type 26 a chall air dòigh air choireigin, dh'fheumadh Alba neo-eisimileach an cabhlach aice fhèin. Gheibheadh gàrraidhean a' Chluaidh obair a mhaireadh iomadach bliadhna eadhan bhon chabhlach "àbhaisteach" a tha Institiùd Rìoghail nan Seirbheisean Aonaichte a' moladh.

Cuideachd, a dh'aindeoin pharpaisean bho àiteachan leithid Chorea a Deas, 's urrainn dha Nirribhidh gnìomhachas long-thogail gu math fallainn a ghlèidheadh fhathast, le bhith ag uidheamachadh shoithichean sìobhalta cuideachd. Tha 25 gàrraidhean-togail ann an Nirribhidh a bhios a' togail bhàtaichean ùra a-mhàin, agus tha 50 eile a bharrachd a bhios a' càradh agus a' cumail suas bhàtaichean a th' ann mar-thà. Tha 90,000 dreuchd co-cheangailte ri gnìomhachas na mara anns an dùthaich. [80]

**C:** “Ach dè mu dheidhinn ionnsaighean ceannairceach?”

**F:** Tha riaghaltas na RA a' toirt rabhadh dhuinn “nach biodh Alba neo-eisimileach cho sàbhailte, gum biodh e na b' fhosgailte ri ionnsaigh cheannaircich.” [81] Ach ann an 2010 thuirt seann cheannard MI5, Baroness Eliza Manningham-Buller, gur e poileasaidh cèin na RA – gu seachd àraig an ionnsaigh air Iraq – a dh'fhàg an RA 'na targaid dha ceannaircich anns a' chiad àite.

**“Dh'innis Lady Eliza Manningham-Buller dha phannal-rannsachaидh Chilcot mu ròl na RA ann an Iraq: ‘Nuair a chaidh sinn an sàs ann an Iraq, dh'fhàs làn ghinealach de dh'òigridh raidiceach – chan eil focal nas fheàrr ann – chan e làn ghinealach, ach grunnan dhaoine anns a' ghinealach – ’s iad den bheachd gu robh an dòigh anns an deach sinn an sàs ann an Iraq agus Afganastan na h-ionnsaigh air Islam.’**

**Nuair a dh'fhaighnich Sir Roderick Lyne, ball den phannal-rannsachaидh, dhi gu dè an ire 's gun do dh'adhbharaich an cogadh an cunnart gun tachradh ionnsaighean ceannairceach eadar-nàiseanta ann am Breatainn, fhreagair i: “S e bu choireach gu ire mhòr.”**

**Cha do chuir e iongnadh sam bith oirre, thuirt i, gum b' iad cathairichean na RA a bha air cùl ionnsaighean 7/7 ann an Lunnainn, no gu robh àireamh fhàsmhor de Bhreatannaich 'gan tàladh a dh'ionnsaigh ideòlas Osama bin Laden, agus gu robh iad a' coimhead air na h-ionnsaighean a thugadh air Iraq agus**

**Afganastan mar rud a bha a' bagairt air na co-chreidmhich aca agus air an t-saoghal Mhuslamach'.” [82]**

Cha bhiodh Alba neo-eisimileach, a chuireadh cuideam air a tèarainteachd fhèin, agus a ghabhadh pàirt a-mhàin ann am miseanan sìtheil laghail fo sgèith nan Dùthchannan Aonaichte, mar cheann-uidhe cheannairceach. 'S ann mar thoradh air co-dhùnaidhean poileasaidh cèin riaghaltas na RA, cha b' ann air sgàth chunnartan a' bagairt, ma b' fhìor, air Alba, a chaidh na ceudan de na saighdearan againn fhìn a mharbhadh gun adhbhar [83], cho math ris na míltean mòra [84] de shiobhaltaich neo-chiontach [85].

Bho 1990 tha an RA air ficheadan de bhuilleanan de notaichean a chosg air oidhirpean gus òrdugh a sparradh air a' chòrr den t-saoghal, a' sìor dhol ann an eadraiginn thall thairis. An-diugh, thathas gam meas seo mar “mhearachdan ro-innleachdail” [86]. Cha do dh'adhbharaich iad càil ach chunnart na bu mhotha a thaobh ionnsaighean ceannairceach aig an taigh, agus sgap iad ùpraid, murt, agus marbhadh ann an tirean cèin. Tha làn chogadh siobhalta an impis töiseachadh ann an Iraq, agus aon uair eile tha smachd aig an Taliban air sgaoilteachd mhòr de dh'Afganastan.

An aon cheum a b' fheàrr a b' urrainn dha Alba a ghabhail airson tèarainteachd aig an taigh, 's e sin briseadh air falbh bho phoileasaidh cèin na RA. Aig an aon àm, shàbhaladh sin na builleanan de notaichean, agus iomadach beatha cuideachd.

*Tùsan-fiosrachaидh:*

[64] Wikipedia; [65] Wikipedia; [66] Portsmouth News; [67] BBC; [68] Guardian; [69] Guardian; [70] BBC; [71] Spectator; [72] Banca an t-Saoghal; [73] BBC; [74] Naidheachdan STV; [75] Guardian; [76] Huffington Post; [77] Pàrlamaid na h-Alba; [78] Guardian; [79] Sun Albannach; [80] Coimisean na h-Eòrpa; [81] Herald; [82] Guardian; [83] Cunntas Leòinteach Co-bhann Iraq; [84] Wikipedia; [85] Guardian; [86] Guardian

*Na ceanglaichean gu lèir aig  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>*

## (vi) Foghlam

'S e cnag na cùise gu bheil foghlam air an aon ràmh ri slàinte an seo, agus mar sin cha bhi sinn fada a' dèildeadh ris idir.

Tha siostam-foghlaim na h-Alba gu tur neo-eisimileach mar-thà, ach a-rithist tha na gearraidean maoineachaidh ann an Sasainn a' bagairt air, leis mar a bhios foghlam aig àrd-ìre ann an Sasainn a' sìor ghluasad a dh'ionnsaigh maoineachadh bho chìsean-teagaisg seach bho sporan an riaghaltais. A-rèir gach coltais bidh seo a' lùghdachadh cùl-mhaoineachadh na h-Alba mar thoradh air siostam Bharnett, agus mar sin, thèid ìmpidh a chur air Riaghaltas na h-Alba cìsean-teagaisg a thoirt a-steach a-rithist ann an Alba.

### Ceistean

**C:** “Ach nach caill na h-oilthighean maoineachadh-rannsachaidh na RA?”

**F:** Cha chaill idir. Cha tèid tabhartasan-rannsachaidh a thoirt seachad a-rèir far a bheil na buidhnean-rannsachaidh suidhichte, ach a-rèir dè cho math 's a tha iad. Ma tha rannsachadh ga dhèanamh ann an àite sònraichte, tha an rannsachadh ann oir 's ann an sin a tha na h-eòlaichean as fheàrr, chan ann air sgàth poileataigs na bun-reachd.

Anns an Dàmhair 2013 thuirt Rick Rylance, neach-cathrach Chomhairlean-Rannsachaidh na RA:

**“Thèid tabhartasan a thoirt seachad mar thoradh air farpaisean fosgailte, agus thèid am measadh troimh sgrùdadadh nan co-sheisean le sàr-eòlaichean freagarrach, air an taghadh a-rèir gach pròiseict. Chan eil sinn a' toirt nan tabhartasan seachad mar thoradh air an t-suidheachadh, a dh'aona chuid a-rèir àite, air neo a-rèir adhbharan poilitigeach.”**

**Tha tabhartasan gan roinn gu nàdarra mar thoradh air cho math 's a tha na tagraighean anns a' chiad dol a-mach. Mar is trice, bidh buidhnean-rannsachaidh suidhichte ann an Alba a' buannachadh gu ìre a tha seachad air na shaoileadh sinn a bhiodh gnàthasach ann an roinneadh rèidh air feadh na RA. Tha seo a' dearbhadh cho sònraichte comasach 's a tha rannsachadh ann an Alba.” [87]**

Tha làrach-lìn RCUK a' daingneachadh na puinge seo:

**“Tha maoineachadh nan Comhairlichean-Rannsachaidh ga thoirt seachad mar thoradh air tagraighean dèante le luchdrannsachaidh fa leth, agus thèid an sgrùdadhbh, gu neo-eisimileach, le sàr-eòlaichean eile. Thèid duaisean a thoirt seachad air sgàth luach an rannsachaidh a thathas a’ cur air adhart, chan ann air sgàth an àite far a bheil iad suidhichte.”** [88]

Chan eil oilthighean Albannach a’ faighinn roinn nas àirde den mhaoineachadh bhon a tha iad anns an RA, ach air cho sònraichte math ’s a tha iad. Chan eil buidheann-rannsachaidh sam bith a’ dol a thoirt maoineachadh air falbh bhon luchdrannsachaidh as fheàrr gus a thoirt dha luchd-rannsachaidh nas miosa air sgàth atharrachaidhean poilitigeach, agus dh’fhàsadhbh iad gu math frionasach nan canadh sibh riutha gum b’ e sin a bha ’s an amharc aca.

(Agus thèid 74% de mhaoineachadh-rannsachaidh bho thùsan nach buin dhan riaghaltas co-dhiù.) [89]

Tùsan-fiosrachaidh:

[87] Comann Rìoghail Dhùn Èideann; [88] Comhairlean-Rannsachaidh na RA; [89] Herald

*Na ceanglaichean gu lèir aig  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>*

## (vii) Cultar

An-dràsda bidh Albannaich a’ pàigheadh mu £300m de chìsean cead-coimhid gach bliadhna dhan BhBC. Thèid mu thimcheall air trian den airgead sin a chosg air BBC Scotland (TBh agus rèidio còmhla), is tha a’ mhòr-chuid den airgead eile a’ maoineachadh craobh-sgaoileadh a’ BhBC air feadh na RA. A-rèir a’ chlàir-ama, ann an 2016 thathas a’ sùileachdainn gur e dìreach £86m a bhios ann am buidseat BBC Scotland uile gu lèir. [90]

Mar sin, nan cumadh Alba neo-eisimileach a’ chìs-coimhid mar a tha i an-dràsda, b’ urrainn dhi pàigheadh airson na seirbhis-stàite craobh-sgaoilidh gu lèir a tha BBC Scotland a’ toirt seachad an-dràsda, le

£214m air fhàgail cuideachd. (Mar a bhiodh dùil, cha bhiodh buaidh sam bith aig neo-eisimileachd air TBh agus rèidio coimearsalta.)



Tha làn sgaoilteachd sianalan a' BhBC ri faighinn mar-thà ann an Èirinn, dùthaich le faisg air an aon àireamh de shluagh 's a th' ann an Alba. Tha am BBC agus riaghaltas na RA a' diùltadh innse dhuinn gu dè an t-airgead a dh'iarras am BBC air muinntir na h-Èireann gus coimhead, ach tha cunntasan craoladair-stàite na h-Èireann, RTÉ, bhon bhliadhna 2012 [91] a' cur an cèill nach do chosg na còraichean sin dhaibh barrachd air £20m gach bliadhna.

(Ann an da-rìribh bha am figear sin a' toirt a-steach nam prògraman cèin uile, ach gus a bhith fialaidh dha iomairt Cha Bu Chòir, tha sinn a' gabhail ris gur e am BBC a bh' anns a' mhòr-chuid.)

Tha 8.4% den BhBC aig Alba mar-thà, agus mar sin bhiodh e reusanta smaoineachadh gum pàigheamaid fiù 's na bu lugha na Èirinn; 's cinnteach nach pàigheamaid barrachd co-dhiù. Mar sin, nam biodh Alba neo-eisimileach a' dèanamh a h-uile dad a nì BBC Scotland an-dràsda, agus gun do cheannaich iad na sianalan BBC UILE GU LÈIR air phrìs choimearsalta, bhiodh fhathast a' mhòr-chuid de £200m air a fàgail aice gach uile bliadhna.

Dh'fhaodadh sinn an t-airgead a chur gu feum air prògraman ùra, air neo air goireasan-dealbhachaид. Dh'fhaodadh an t-airgead pàigheadh airson stiùidio mòr eadar-nàiseanta gus togail air cho soirbheachail 's a tha Alba air a bhith ann a bhith a' tèladh fhiolmaichean Hollywood, ach

am biodh sinn cho adhartach ri dùthchannan leithid na h-Éireann agus na Danmhairg.

Bhiodh na bu luga na 10% gu leòr airson ball-coise le sgiobannan àrd-ìre agus le sgiobannan eadar-nàiseanta a thoirt air ais gu telebhisean poblach, an àite a bhith aig na craoladairean-saideil (ceum a chuireadh barrachd airgid dhan gheam aig an aon àm, 's dòcha eadhan a' cuideachadh Alba ann a bhith a' faighinn a-steach dha Cupa na Cruinne). Bheireadh e cothrom gnèithean spòrs eile a chraoladh cuideachd. Bhiodh gu leòr air fhàgail gus cosg air luchd-naidheachd, gus àireamhan luchd-obrach àrdachadh air naidheachdan agus cuspairean làithreach aig an taigh agus thall thairis. Agus mar sin air adhart.

Às aonais aon sgillinn a bharrachd air a' chìs-choimhid, gheibheadh Alba tè de na seirbhisean-craolaidh a b' fheàrr anns an t-saoghal a-rèir na tha aice de shluagh, a thuilleadh air an TBh agus an rèidio a tha a' còrdadh rinn uile cho math an-dràsda.

## Ceistean

**C:** “Ach nach fheum Éireannaich pàigheadh airson an iPlayer?”

**F:** Feumaidh gu dearbh – timcheall air £5.50 sa mhìos. Ach chan obraicheadh cìs mar sin ann an Alba, air sgàth mar a dh'obraicheas an t-eadar-lìon. (Gus sgeulachd fhada, uabhasach teicnigeach, a ghiorrachadh, leis mar a roinneas luchd-solarachaидh eadar-lìn rudan air a bheil “seòlaidhean IP”, chan eil dòigh air thalamh ann san urrainn dhan t-seirbheis sgaradh a dhèanamh eadar luchd-coimhid ann an Alba agus anns a' chòrr den RA [92].) Mar sin, dh'fheumadh iPlayer a bhith anns an aonta eadar Alba agus am BBC, chionn cha bhiodh cothrom aca stad a chur air muinntir na h-Alba a bhith ga chleachdadh co-dhiù.

*Tùsan-fiosrachaidh:*

[90] BBC; [91] RTÉ; [92] Wings Over Scotland

*Na ceanglaichean gu lèir aig*

<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

## (viii) Tiomnad Chumhachdan

Tha pàrtaidhean na RA a' gealltann gum faod Alba “a' chuid as fheàrr de dhà shaoghal” a bhith aice – “neart” agus “tèarainteachd” na RA, a bharrachd air Pàrlamaid làidir na h-Alba a gheibh barrachd chumhachdan, canaидh iad, ma bhòtas Alba airson Cha Bu Chòir.

Ach ma bheir sibh sùil nas dlùithe air na tha iad a' tairgsinn, chan e "cumhachdan" a th' annta idir. CHA BHI cumhachd aig Pàrlamaid na h-Alba air càil sam bith air nach eil cumhachd aice mar-thà. Cha bhi smachd aice air na rudan as bunaitche anns a' choluadar leithid shochairean sòisealta no pheinnseanan. A-mach air grunn chùisean beaga suarach, chan eil sìon san amharc aig na pàrtaidhean Lèbarach, Toraidheach, agus Lib-Deamach ach dòighean-cruinneachaidh chìseantuarasdail atharrachadh.

An àite Westminster a bhith a' cruinneachadh na cìse seo, agus a' toirt air ais suim stèidhichte dha Alba ann an riochd tabhartais, bidh aig Holyrood ri HMRC Albannach a chur air bhonn. Cosgaidh sin na ceudan de muilleanan de notaichean gach bliadhna, gus an obair a nì HMRC Bhreatainn an-dràsda a thoirt a-mach air an ceann fhèin, gun bhuannachd an lùib na cosgais.

Thig an t-airgead sin à buidsead na h-Alba. Mar sin, dh'fheumamaid rudeigin a lionadh am beàrn, an aona chuid troimh bhith ag àrdachadh chìsean, air neo a' gearradh sheirbheisean poblach. Ach cha biodh e comasach ìrean-cise tuarasdail eadar-dhealaichte a bhith agaibh ann an dà phàirt de stàit aonaichte – chionn bhiodh tulitean ruadha de dhaoine agus de ghniomhachasan a' srùladh thar na crìche dhan àite a bu shaoire, le ùpraid gun chiall agus fearg an t-sluaigh na lùib – agus mar sin dh'fheumadh na h-ìrean-cise leantainn mar a tha iad.

(Sin a b' adhbhar nach deach cumhachdan Phàrlamaid na h-Alba airson cìsean atharrachadh a chleachdadh a-riamh thar nan 15 bliadhnanachan a tha a' Phàrlamaid air a bhith ann, fo riaghaltasan Lèbarach/Lib-Deamach air neo Nàiseantach.)

Mar sin, dh'fheumadh gearraidhean a bhith ann. Ma thachras bhòt Cha Bu Chòir, feumaidh Riaghaltas na h-Alba seirbheisean poblach a sgathadh air ais ach am mair iad mar a tha iad. Cuiridh sin tòrr bruthaidh air sochairean leithid ordùighean-leighis an asgaidh, chìseant-teagaisg, agus càrach dha seann daoine.

(Tha iad sin uile nan cùis-chàinidh dhan chòrr den RA agus nan adhbharan-trioblaid dha pàrtaidhean na RA. B' fheàrr leotha mar sin nach robh iad ann idir. Dh'innis rùnaire-cùil na slàinte Andy Burnham dha *Holyrood Magazine* san t-Sultain 2013 gu robh e "dioghrasach" ann a bhith "a' cur air dòigh nan aon phoileasaidhean slàinte thar Shasainn, Alba, agus na Cuimrigh. Nach bu mhath an rud e, sinn uile a bhith a' tarraing air an aon ràmh an àite a bhith a' slaodadh air falbh air slighean eadar-dhealaichte?" [\[93\]](#))

Ach a-rithist, na bitibh ag èisdeachd rinne a-mhàin. Seo na dh'innis Johann Lamont dha pàipear-naidheachd ear-thuath Shasainn an *Northern Echo* anns a' Giblean 2014:

**"Cha leig an Ear-Thuath a leas feagal sam bith a bhith  
orra roimh 'devo max' ann an Alba, bha ceannard a'  
phàrtaidh Làbaraich tuath air a' chrìch a' cumail a-mach.**

**Dhiùlt Johann Lamont gabhail ri beachdan gum  
faigheadh Alba buannachd mhòr eaconamach seachad  
air a' cheàrnaidh an ath dhoras, mar dhuais airson  
bhòtadh gus neo-eisimileachd a dhiùltadh.**

**An àite sin, chuir Ms Lamont ìmpidh air daoine anns an  
Ear-Thuath gun a bhith a' creidsinn 'propaganda' mu  
bheirteas agus cumhachdan a bharrachd a' dol a  
dh'ionnsaigh Dhùn Èideann.**

**'Cha bhi Alba a' faighinn barrachd airgid, 's e dìreach  
gum feum i barrachd a thogail den airgead aice fhèin.  
Tha mi 'n dòchas gun cuir sin às dha feadhainn de na  
faoin-sgeulachdan.'" [94]**

Cha bhi BARRACHD airgid ann? 'S ann a tha e nas miosa na sin. Ann an 2014 thug an *Daily Record* iomradh air cuideigin a thuirt gu robh planaichean tiomnadh-chumhachdan nan Làbarach a' ciallachadh gum biodh NA BU LUGHA de dh'airgead a' dol dha Pàrlamaid na h-Alba. B' e sin fear aig a bheil grèim nas fheàrr na Johann Lamont air mar a dh'obraicheas riaghaltas na RA:

**"Dh'fhuilingeadh cosgaisean poblach na h-Alba  
gearraidhean-airgid fo phlanachean Johann Lamont a  
bheireadh cumhachdan togail-chìsean gu lèir gu  
Holyrood, a-rèir rabhaidhean a rinn ball-pàrlamaid  
cudromach anns a' phàrtaidh Làbarach.**

**Thuirt am BP à Glaschu Ian Davidson gun rachadh  
siostam Bharnett, a tha a' toirt earrann nas mothà de  
chosgaisean riaghaltas na RA dha Alba, a chall nan  
toireadh am pàrtaidh làn chumhachdan togail-chìsean  
dha Pàrlamaid na h-Alba.**

**Thuirt an neach-cathrach Làbarach air Comataidh  
cumhachdach nan Cùisean Albannach ann an Taigh nan**

**Cumantan ‘nach robh teagamh sam bith ann nach b’ fheàrrde Alba idir e.’” [95]**

Ach tha barrachd na sin fainear dhan phàrtaidh Lèborach airson Alba. Ann an agallamh BBC1 air a’ mhìos roimhe, mhìnic Ms Lamont dè direach a bha planaichean tiomnadhbh-chumhachdan a’ phàrtaidh a’ ciallachadh:

**“Tha sinn a’ creidsinn gu làidir gur e th’ air chùl an Rìoghachd Aontaichte dealas cunnartan agus stòrasan a roinn eadarainn, cunnart a chompàirteachadh agus athsgaoileadh a dhèanamh san toirear às na ceàrnaidhean na b’ fheàrr dheth san RA is san cuirear dha na ceàrnaidhean a bu bhochda.” [96]**

Ach cò na “ceàrnaidhean na b’ fheàrr dheth san RA” a chailleas an cuid airgid ma bhuannaicheas na Lèbaraich ann an 2015? Tha an fhreagairt ri lorg anns a’ phàipear thiomnadhbh-chumhachdan aig Lèbaraich na h-Alba fhèin, air td. 70 [97]:


128. An-dràsda, mar phàirt de dh’aoindh eacnamaidhean na RA, tha Alba air tè de na ceàrnaidhean as beairtiche. Mar a chithear ann an diagraman 3.1 agus 3.2, ma thèid tomhas a-rèir thoraidhean eacnamaidhean air neo teachd a-steach teaghlaich, tha Alba air an treas pàirt as beairtiche den RA.

Chuir sinn fhìn a-steach na fo-loidhnichean, ach dh’fhàg sinn an còrr mar a tha e. Mar sin, nam briathran fhèin, tha e san amharc ann am plana a’ phàrtaidh Lèbaraich beairteas a thoirt air falbh bho na ceàrnaidhean as fheàrr dheth san RA (leithid Alba) gus a chur a dh’ionnsaigh nan àiteachan as bochda (i.e. cha mhòr a h-uile ceàrnaidh eile).

Ann an da-rìribh, tha sin a’ ciallachadh gun tèid airgead na h-Alba a dh’ionnsaigh Lunnaidh, agus dh’fheumadh na ceàrnaidhean a bu bhochda a bhith beò an dòchas gun sgaoil Lunnaidh an t-airgead sin thuca – rud nach eil air tachairt idir thar nan deicheadan a chaidh seachad, agus am prìomh-bhaile air barrachd agus barrachd de stòrasan na RA a shlugadh gu sanntach, chun na h-ìre ’s gun do dh’innis rùnaire-gniomhachais riaghaltas na RA, Vince Cable, dhan BhBC anns an Dùblachd 2013 gur e bh’ anns a’ prìomh-bhaile ach “inneal-traoghaidh mòr mucail a’ deòcadh na beatha às a’ chòrr den rìoghachd” [98].

Seo dhuibh, ma-thà, cnag na cùise: tha “barrachd chumachdan” a’ ciallachadh ann an da-rìribh na leanas dha Alba: feumaidh Holyrood gearraidean uabhasach a dhèanamh anns na cosgaisean, A

THUILLEADH AIR an fheadhainn a tha a' tighinn a-nuas oirnn à Westminster mar-thà, gus tòrr biurocrasaidh-cìse gun fheum a mhaoineachadh. Thèid fiù 's barrachd de bheairteas na h-Alba a thoirt air falbh dha Roinn an Ionmhais.



Tha trì pàrtaidhean na RA uile a' gealltainn diofar thionndaidhean den aon phhana ma bhuanneicheas iad taghadh-pàrlamaid 2015. An aon rud air nach eil iad aonaichte, 's e sin dè am meud de chìsean a dh'fheumas Holyrood cruinneachadh.

Ann an da-rìribh, bhon a tha na planaichean uile a' ciallachadh gum bi nas lugh a de dh'airead aig Holyrood ri chosg, tha iad a' ciallachadh NAS LUGHA de chumhachdan dha Pàrlamaid na h-Alba, is chan e nas mothà.

*Tùsan-fiosrachaidh:*

[93] *Holyrood Magazine*; [94] *Northern Echo*; [95] *Daily Record*; [96] *BBC Scotland*; [97] *Am Pàrtaidh Lâbarach Albannach*; [98] *BBC Na ceanglaichean gu lèir aig <http://wingoverscotland.com/weebluelinks.htm>*



## 4. AN ROIINN-EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

- (i) An EU
- (ii) NATO
- (iii) Crìochan agus Cairtean-Siubhail
- (iv) Tosgaireachdan



## (i) An EU

Ma chanas neach sam bith, as bith dè an taobh den deasbad dham buin iad, gu bheil fios is cinnt aca gu dè thachradh dha inbhe ballrachd Alba neo-eisimeileach san EU, 's ann a tha iad gu tur am mearachd. Chan eil fhios aig neach sam bith am faigheadh Alba neo-eisimeileach a-steach anns a' bhad, oir ged a thuirt an EU gum biodh iad deònach fuasgladh a thoirt air a' cheist ud, cha dèan iad càil gus an iarr riaghaltas na RA fhèin orra a dhèanamh – agus tha riaghaltas na RA air diùltadh a' cheist a thogail idir.

***"Tha riaghaltas na RA air a ràdh nach fhaighnicheadh iad airson beachdan a' Choimisein Eòrpaich co-dhiù am biodh Alba neo-eisimeileach fhathast na ball den EU.***

***Tha an aithris seo a' leantainn dearbhadh bhon choimisean gun toireadh iad beachd seachad nan rachadh faighneachd dhaibh le stàit a tha na ball." [99]***

Tha e gu math duilich dèanamh a-mach carson a dhiùltadh riaghaltas na RA a' cheist sin a chur nan robh iad cinnteach gu robh am beachd aca fhein ceart ('s e sin, gum biodh dàil bhliadhnachan air ballrachd na h-Alba).

Aon rud a tha cinnteach, sin nach do chuir aon neach-poileataigs, neach-labhairt, air neo oifigeach aig an bheil inbhe anns an EU an cèill a-riamh nach biodh an EU – buidheann a tha a' sìor sgaoileadh – ag iaraidh Alba, beairteach ann an stòrasan 's gu bheil i, mar bhall. Mar sin, chan eil ann ach aon chuspair ri deasbad: ciamar a ghluaiseas Alba bho bhith mar phàirt de bhall-stàite, gu bhith na ball-stàite air a ceann fhèin? Ma ghabhas sibh ris gu bheil an EU ag iaraidh Alba mar bhall, bidh e follaiseach gu bheil e reusanta dhan h-uile duine gun tèid seo a rèiteachadh ann an dòigh cho luath agus cho rèidh 's a ghabhas.

Air an adhbhar sin, tha a' mhòr-chuid de dh'eòlaichean neòdrach, agus eadhan daoine onarach am measg luchd an Aoinidh, an dùil gur ann gu math luath agus gu math rèidh a nì iad am pròiseas – chan ann mar fhàbhar dha Alba, ach bhon is e seo am plana reusanta, agus cuideachd bhon a dh'adhbhraigeadh an caochladh ùpraid nach gabh tomhais, nach fhacas a-riamh agus air nach eil feum, is cha bhiodh buannachd ann dha duine beò.

An-dràsda, tha Alba anns an EU (mar phàirt den RA), rud a tha a' ciallachadh gu bheil na ceudan de mhiltean de dh'Albannaich a' fuireachd thall thairis, agus na ceudan de mhiltean de mhuinnitir an EU a' fuireachd

ann an Alba. Nan rachadh Alba a thilgeil a-mach às an EU, fiù's airson greiseag bheag, teans gun cailleadh na muilleanan de dhaoine – nam measg Albannaich ann an Sasainn agus Sasannaich ann an Alba – na còraichean-fuireachd aca anns a' bhad, agus gun rachadh an sadadh às na dùthchannan san robh iad a' fuireachd roimhe.

Chan eil modh-obrach aig an EU airson cathairichean an EU a thilgeil às an aghaidh an toil. Mhaireadh an aimhreit a dh'adhbhraigheadh seo airson deicheadan de bhliadhna. Sin carson a chuir BP an Aoinidh Eric Joyce sìos air a' bheachd anns a' Ghearran am bliadhna, 's e ag ràdh gum biodh e mar:

***"Ghòraiche gun bhrìgh. Tha mi airson gum bi Alba na pàirt den RA, ach chan ann air sgàth àrgamaid an crochadh air bagairtean follaiseach agus air breugan."***

[100]

Ann an 2012 dh'innse Graham Avery na leanas dha Pàrlamaid na RA; is e Avery Àrd-Stiùiriche Urramach a' Choimisein Eòrpaich, agus prìomh-chomhairliche poileasaidh aig Aonad Poileasaidh na Roinn-Eòrpa anns a' Bhruseal, duine aig a bheil ceithir deicheadan de dh'eòlas ann a bhith a' rèiteachadh meudachadh an EU (a' ghabhail a-steach inntrigeadh an RA fhèin):

***"Bho thaobh poileataigs dheth, tha Alba air a bhith anns an EU airson 40 bliadhna; agus tha còraichean laghail aig muinntir na h-Alba mar chathairichean Èòrpach. Ma bhios iad airson fuireach anns an EU, cha b' urrainn dhuinn iarraidh orra fàgail agus an uair sin cur a-steach airson ballrachd air an aon dòigh ri daoine ann an dùthaich aig nach eil ballrachd leithid na Tuirc.***

***Tuigear a' phuing seo nas fheàrr ma bheachdaicheas sinn air eisimpleir eile: nan rachadh sgaradh anns a' Bheilg eadar Wallonia agus Flànnras aontachadh, cha ghabh a chreidsinn gun canadh na buill eile den EU gum feumadh 11 muillean duine an EU fhàgail, agus an uair sin cur a-steach a-rithist airson ballrachd." [101]***

Ann an 2014 thuirt Avery cuideachd ri comataidh Èòrpach Holyrood:

***"Bhiodh suidheachadh a dh'fhàg Alba taobh a-muigh den Aonadh Èòrpach, gun a bhith ag obrachadh a-rèir riaghailtean Èòrpach, mar dhroch bhruadar dha na daoine anns a' chòrr den Rìoghachd Aonaichte a thaobh***

***an lagh, agus feumaidh Riaghaltas Bhreatainn sin a thuigsinn.***

***Saoilidh mise gum b' e rud uabhasach fhèin mi-fhortanach a bhiodh ann dhan chòrr den Rìoghachd Aonaichte mur an robh Alba na ball bhon chiad latha de neo-eisimeileachd.” [102]***

Anns a' Ghearran 2013 dh'innis am Moraire Mark Malloch-Brown, seann Iar-Àrd-Rùnaire anns na Dùthchannan Aonaichte agus minister na h-Oifise Cèin anns an riaghaltas Lèbarach mu dheireadh, dhan BhBC:

***“As bith dè na riaghailtean laghail a bhiodh ann, a-thaobh an iarrtais phoileataigich, nam bhòtadh Alba airson neo-eisimeileachd, saoilidh mi gun dèanadh an Ròinn-Eòrpa rathad rèidh dhi ach an gabhadh i a h-àite mar bhall Eòrpach.” [103]***

Anns an luchar 2014, dh'aontaich Sionaидh Douglas-Scott, ollamh an Lagh Eòrpaich agus Chòirichean a' Chinne-daonna aig Oilthigh Oxford, agus ùghdar leabhar mu lagh bun-reachd an EU:

***“A dh'aindeoin na chanas luchd-lagha na RA, luchd-lagha an EU, agus oifigich an EU na aghaidh, faodar a bhith cinnteach gum bi Alba neo-eisimeileach na ball den EU, agus gum bi an rathad bho bhallrachd an EU mar phàirt den RA gu ballrachd an EU mar Alba neo-eisimeileach an ire mhath rèidh agus simplidh.” [104]***

Agus air an aon mhìos chaithd aithris gun tuirt cathraiche a' Choimisein Eòrpaich, Jean-Claude Juncker, gun gabhadh iad ri Alba mar “eisimpleir shònraichte, air leth”, seach mar thagraiche ùr [105].

An-dràsda chan eil cathair aig Alba aig a' bhòrd anns an Aonadh Eòrpach air neo aig na Dùthchannan Aonaichte. Tha na feumalachdan aice air an riochdachadh leis an RA, agus tha e mar dhleasdanas aig an RA a bhith a' coimhead as dèidh na cuid as mothà de na daoine aice.

Le dìreach 8.4% de shluagh na RA, gach turas a bhios feumalachdan na h-Alba a' dol an aghaidh feumalachdan a' chòrr den RA, feumaidh riaghaltas na RA feumalachdan na h-Alba a chur dhan dàrna taobh.

***“Tha pàipearan diomhair, air an leigeil ma sgaoil an-diugh, air sealltainn dhuinn mar a chaidh cabhlach iasgaich na h-Alba a bhrathadh leis an riaghaltas bho***

**chionn 30 bliadhna, gus am b' urrainn dha Breatainn gabhail ri Poileasaidh connspaiseach Coitcheann an lasgaich.**

**Rinn oifigich a' Phriomhaire Edward Heath tomhais gun cailleadh suas ris an àrna cuid de dh'iasgairean ann an uisgeachan na h-Alba – 4,000 duine an uair sin – na dreuchdan a bh' aca. Ach ghabh iad ris an roghainn a dhol air adhart le planaichean aontachaидh oir bha iad a' creidsinn gum biodh na buannachdan dha iasgairean Shasainn agus na Cuimrigh na bu mhotha na an cron a dhèante air iasgairean na h-Alba.” [106]**

Tha riaghaltas na RA a' cumail orra leis an aon dol-a-mach an-diugh fhèin. Anns an t-Samhainn 2013 chuir iad rompa, an aghaidh beachdan GACH UILE pàrtaidh ann an Holyrood, gun roinneadh iad £182m de mhaoineachadh Eòrpach a bharrachd eadar tuathanaich air feadh na RA, ged a thàinig am maoineachadh seo thuca a-mhàin air sgàth cho iosal 's a bha an ire de thaic-airgid dha Alba, agus ged a bha còir aig a' mhaoineachadh sin uile a dhol gu tuathanaich na h-Alba. [107]

'S ann a-mhàin le bhòt Bu Chòir a gheibh Alba guth dhi fhèin anns an Roinn-Eòrpa.

## Ceistean

**C:** “Dè mur a h-eil mi ag iarraidh Alba a bhith anns an EU air neo ann an NATO?”

**F:** Thoiribh sùil air Caibideil 1. Cha tig neo-eisimeileachd gu co-dhùnaidhean poileasaidh idir. 'S ann a bheir neo-eisimileachd a' chòir dha Alba taghadh a dhèanamh air a ceann fhèin. Ma tha sibh ag iarraidh às an EU air neo NATO, feuch gun bhòt sibh airson pàrtaidh aig a bheil iad seo mar phoileasaidhean ann an 2016. Tha Pàrlamaid na h-Alba, 's i air a taghadh gu cothromach, tòrr nas deamocrasaiche na Westminster, agus mar sin bidh tòrr a bharrachd saorsa agaibh taghadh soirbheachail a dhèanamh airson pàrtaidh aig a bheil na h-aon bheachdan ribh fhèin, ach am buannaich iad uidheachain.

**C:** “Ach nach tuirt na Spàinnich gun cuireadh iad stad air ballrachd na h-Alba, air eagal's gum brosnacheadh sin an iomairt neo-eisimeileachd ann an Catalonia?”

**F:** Cha tuirt iad càil den t-seòrsa.

**"Thuirt Ministear Cèin na Spàinne, Jose Manuel García-Margallo, nach cuireadh an dùthaich aige idir an aghaidh Alba bhith air a h-aithneachadh mar bhall leis an Aonadh Eòrpach – nan gabhadh Westminster ri neo-eisimeileachd na h-Alba."** [108]

Agus a-rèir Aonta Dhùn Èideann feumaidh Westminster gabhail ri toradh an reifreinn.

**C:** “Ach nach caill sinn an lùghdachadh EU againn?”

**F:** ‘S e an lùghdachadh an t-suim airgid a bhios an EU a’ páigheadh dhan RA uile gu lèir, Alba na measg. ’S e goireas RA a ghabhas gluasad a th’ ann mar sin, agus mar sin bidh e mar phàirt de na conaltraidhean a thaobh neo-eisimeileachd, cleas goireas sam bith eile. Bidh Alba airidh air an roinn aice fhèin dheth.

**C:** “Ach nach fheum sinn pàirt a ghabhail anns an Euro?”

**F:** Chan fheum idir. CHAN URRAINNEAR ìmpidh a chur air buill-stàite den EU pàirt a ghabhail anns an Euro. Gus sin a dhèanamh, an toiseach feumaidh stàitean a bhith nam buill de phrògram an ERM2 (“Inneal Ràta-Malairtich”) airson co-dhiù dà bhliadhna, agus tha ballrachd ERM2 gu tur saor-thoileach [109]. Gus fuireachd taobh a-muigh an Euro, cha leig ball EU a leas càil a dhèanamh ach gun an ainm a chur ri ERM2 [110].

Tha làrach-lìn a’ Choimisein Eòrpach ag ràdh:

“nach eil ceann-latha suidhichte aig Bulgària, Croàtia, Poblachd na Seice, an Ongair, a’ Phòlainn, Romània, agus an t-Suain airson gabhail ris an euro.” [111]

Ann an da-rìribh, cha b’ urrainn dha Alba compàirt a ghabhail anns an Euro fiù ’s nan togradh i, oir chan eil i a’ coilionadh nan slatan-tomhais airson ballrachd [112].

**C:** “Ach carson a tha daoine leithid Jose-Manuel Barroso a’ cumail orra ag ràdh gum biodh e uabhasach duilich dha Alba a bhith na ball den EU?”

**F:** Airson nan adhbharan pearsanta aca fhèin. Bha Snr Barroso a' sireadh cuideachadh riaghaltas na RA airson oidhirp a bhith mar Àrd-Rùnaire NATO [113]. Cha deach leis. Bidh Snr Barroso a' fàgail a dhreuchd san t-Sultain, agus mar sin chan eil na beachdan aige gu diofar co-dhiù.

**C:** “Ach nach eil na Nàiseantaich airson tuil de dh'in-imrich a thoirt a-steach dha Alba?”

**F:** Chan eil e cinnteach gum bi riaghaltas Nàiseantach ann ann an Alba neo-eisimeileach – thoiribh sùil air Caibideil 1. Ach as bith dè thachras, cha tèid Alba a “bhàthadh” le in-imrich co-dhiù.

Coltach ris a' mhòr-chuid de dhùthchannan anns an t-saoghal leasaichte, tha sluagh na h-Alba a' sìor fhàs aosta, agus tha feum againn air daoine ùra a thig, a dh'obraicheas, agus a phàigheas cìsean gus seirbheisean poblach a chumail a' dol. (Tha in-imrich buannachdail dha eaonamach oir tha e nas coltaiche gum obraighean aca seach daoine dùthchasach, agus nach eil e cho coltach gum bi iad beò air sochairean sòisealta.) [114]

Anns an Òg-mhìos 2014 bha riaghaltas na RA den bheachd gum feumadh Alba neo-eisimeileach in-imrich bhunaiteach (daoine bhon chòrr den RA nam measg) de 24,000 gach bliadhna [115]. Dh'fheuch iomairt Cha Bu Chòir ris am figear seo a mhìneachadh gu clearbach mar àrdachadh de 24,000 BHOS CIONN an fhigeir a th' ann an-dràsta, ach thairis air an deichead a chaidh seachad tha am figear meadhanach airson in-imrich bhunaiteach air a bhith aig 22,330 [116].

Mar sin, eadhan a-rèir na tomhais a bu chusaiche a rinn riaghaltas na RA, cha bhiodh a dhìth air Alba ach 1,670 a bharrachd de dh'in-imrich gach bliadhna – nas lugha na còignear gach latha, is daoine à Sasainn, às a' Chuimrigh, agus à Èirinn a Tuath nam measg. (Aig an astar ud bheireadh e 190 bliadhnhachan mus ruigeadh àireamh-sluaigh in-imrich na h-Alba an aon ire a th' aig an RA gu lèir.)

Tha àireamh nan in-imreach ann an Alba air tè dhen fheadhainn as isle anns an t-saoghal. Aig dìreach 7%, a-rèir a' chunntais-sluaigh mu dheireadh [117], rachadh Alba neo-eisimeileach a thomhais san 107mh àite anns a' chlár de dhùthchannan, a-rèir ceudachd de dh'in-imrich [118]. Fiù 's mus dèan sinn beachdachadh air a' chuideachadh bhunaiteach a bheir daoine a rugadh thall thairis dhan chultar againn, gun luaidh air an

eaconamaidh, cha bhi e duilich idir dhuinn còignear a bharrachd a thoirt a-steach gach latha.

*Tùsan-fiosrachaidh:*

[99] BBC; [100] Eric Joyce BP; [101] Leabharlann Thaigh nan Cumantan; [102] An t-Albannach; [103] BBC; [104] BBC; [105] An t-Albannach; [106] An t-Albannach; [107] Alyn Smith BPE; [108] Daily Express na h-Alba; [109] Bun-reachd Meudachadh an EU; [110] Radio Prague; [111] Coimisean Èòrpach; [112] Wings Over Scotland; [113] A' Herald; [114] BBC; [115] riaghaltas na RA "Rannsachadh na h-Alba"; [116] Oifis-Clàraig Nàiseanta; [117] A' Herald; [118] Wikipedia

*Na ceanglaichean gu lèir aig  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>*

## (ii) NATO

Gabhaidh an aon seòrsa àrgamaid reusanta a dhèanamh mu bhallrachd Albannaich NATO 's a ghabhas mu bhallrachd an EU. A-thaobh an t-suidheachaidh aice, tha Alba ann an àite uabhasach cudromach, aig aon cheann den "Bhearn GIUK" [119], mar a chanas iad ris, anns an àirde tuath den Chuan Siar, leis a' Ghraonlainn agus Innis-Tile aig a' cheann eile.

'S e ball NATO a th' ann an Innis-Tile, ged nach eil feachd-airm aice, agus trì luing mhaor-cladaich mar chabhlach [120]. Chan eil feachdan dùthchasach sam bith aig a' Ghraonlainn [121]. Cha ghabh e bhith mar sin gun diùlt NATO gabail ri ballrachd na h-Alba, oir cha bhiodh feachdan armaichte ann a b' urrainn am Beàrn a chuaireachadh ach an fheadhainn aig Alba.

Ann an agallamh anns an Lùnasdal 2013, thuirt an t-Oll. Michael E. Smith, eòlaiche Aimeireaganach ann an gnothaichean-airm agus poileasaidh cèin, aig a bheil Cathair Chaidreachasan Eadar-nàiseanta aig Oilthigh Obar Dheathain:

**"Mar thoradh air suidheachadh-cuain roi-innleachdail na h-Alba, tha e gu tur gorach smaoineachadh gun diùltadh caraidean an lar Alba a dhìon an aghaidh ionnsaigh mhòr bho dhùthaich eile, fiù's mur an robh NATO ann."** [122]

Ged a bhios cuid de luchd-poileataigs an Aonaidh a' cumail a-mach gum biodh an gealladh aig na Nàiseantaich gun toirear armachd niùclasach

air falbh bho thìr na h-Alba na chnap-starra air ballrachd, chan eil an t-Oll. Smith ag aontachadh:

***“B’ fheàrr leis na Stàitean Aonaichte gum biodh an RA/EU a’ cosg barrachd airgid air armachd ghnàthasaich, cha b’ ann air armachd niùclasach. Mar sin, coltach ri sgeulachdan eile a’ tighinn bho thaobh an Aonaidh, tha na chanas iad mu Thrident a’ tighinn faisg air a bhith na oidhirp eagal a chruthachadh.” [122]***

Cluinnear mac-talla dhen bheachd seo ann am briathran “àrd-oifigich Aimeireaganaich” anns an *New York Times* anns a’ Giblean 2013:

***“Tha [Breatainn agus an Fhraing] a’ strì gus na culaidhean-bacaidh niùclasach aca fhèin a chumail suas, cho math ri feachdan armaichte sgiobalta an latha an-diugh. Tha an suidheachadh ann am Breatainn cho dona ’s gu bheil oifigich Aimeireaganach gam brosnachadh os n-iosal gus faighinn cuidheas a’ chulaidh-bhacaidh niùclasach chosgail seo.” [123]***

An tac a ris na th’ aig a’ chòrr den phlanaid, chan fhiach armachd na RA idir, aig dìreach beagan a bharrachd air 1% de dh’armachd niùclasach an t-saoghail air fad [124]. Nan rachadh a call, cha dhèanadh e deifir sam bith dha ro-innleachdan NATO. Gheibheadh Alba neo-eisimeileach fàilte chridheil bhon bhuidhinn ud: ga chur gu simplidh, chan fhuilingeadh NATO an taobh tuath den Chuan Shiar a bhith às aonais dòn.

Tùsan-fiosrachaideh:

[119] Wikipedia; [120] Wikipedia; [121] Wikipedia; [122] Wings Over Scotland; [123] An New York Times; [124] Ploughshares Fund

Na ceanglaichean gu lèir aig

<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

### (iii) Crìochan agus Cairtean-Siubhail

Anns an EU, chan eil aon chrioch-tìre le freiceadan ann. Faodadh cathairich siubhail gu saorsail eadar na stàitean-ballrachd, gun iarrtas orra stad agus cairtean-siubhail a shealltainn, air neo feitheamh ri sgrùdadh na cusbainn [125]. Tha seo a' tachairt mar thoradh air bun-reachd air a bheil an t-ainm Aonta Schengen, ris nach do chuir Breatainn a h-ainm.

Gidheadh tha an aon chrioch-tìre a th' aig an RA an-dràsda, le Poblachd na h-Èireann, gu tur fosgailte cuideachd – mar phàirt de dh'aonta air a bheil an Àrainn-Siubhail Choitcheann – a dh'aindeoin a' chunnairt a bh' ann gu h-eachdraidheil bho ionnsaighean ceannairceach.



A' chrioch eadar a' Ghearmailt agus a' Bheilg.

Tha riaghaltas na RA a' cumail a-mach [126] gum feumadh Alba neo-eisimeileach a h-aonta a chur ri Schengen, agus mar sin gum feumadh iad freiceadain-crìche a chur an àirde eadar Alba agus Sasainn gus gabhail ri riaghailtean an Aonta, agus gus an còrr den RA a dhòn bho àireamh mhòr de dh'in-imrich mhì-laghail troimh Alba.

Tha iomadach reusan an iom'-fhillte agus teicnigeach a tha a' ciallachadh nach tachradh càil dhe leithid [127], ach a-rithist, 's iad na h-adhbharan toiniseil an fheadhainn as simplidhe agus as soilleire rin tuigsinn.

Tha a' chrioch eadar Alba agus Sasainn mu 100 míle de dh'fhaid, gun càil sam bith, an ìre mhath, mar chomharraighean-crìche nàdarra. Bhiodh

saothair agus cosgaisean do-chreidsinneach ann nan rachadh feansa no balla a thogail agus a dhòn. Air adhbharan poileataigeach agus air adhbharan eaconamach, bhiodh e gu tur do-dhèanta. Aon uair eile, rinn am BP Eric Joyce, fear de luchd an Aonaidh, a' phuing gu spraiceil:

***"Carson a mhiannaicheadh Sasainn a bhith a' coimhead mar phoblachd banana, 's iad a' caitheamh nam builleanan de notaichean gun fheum, a' dèanamh cùis-magaidh dhith fhèin air feadh an t-saoghal?"***

***Cha b' ann air adhbharan tèarainteachd, oir bhiodh na poileasaidhean tèarainteachd a tha an-dràsda am bith air tir-mòr na RA fhathast am bith ann an àrainneachd-siubhail choitchinn na RA. A-rèir coltais, gu simplidh, cha bhiodh ann ach nàdar de dh'ionnsaigh annasaich a thoirt air inntinnean an nàbaidhean as fhaisge.***

***Agus an dùil an gabhadh muinntir Shasainn ri sin, gach chuid luchd-pàighidh chìsean agus luchd-siubhail? An gabhadh na gniomhachasan air cùl a' phàrtaidh Thoraidhich ri ùpraid solarachaидh nam biodh an riaghaltas aca ag iarraidh sin a sparradh orra? An gabhadh an luchd-tèarainteachd, daoine aig a bheil làn fhios dè thachras nuair nach dèan dà stàit le aon chrìch co-obrachadh ri chèile, ri suidheachadh cho cunnartach? Tha fhios nach gabhadh idir." [128]***

Ma tha duine airson casg a chur air in-imrich mhì-laghail, dh'fheumadh e feansa no balla a' sìneadh bhon dàrna ceann dhan cheann eile, le làn ghearasdan air a' mhullach fad an t-siubhail. Mur a bi sin ann, tha fhios gum biodh na h-in-imrich dìreach a' coiseachd thar nan achaidhean – 's dòcha a' gabhail car mu chnoc air caora an-dràsda 's a-rithist – an àite a bhith a' dol troimh na postaichean-sgrùdaidh air na rathaidean. Agus cha bhi an leithid sin de ghàradh-crìche ann gu brath.

Cha bhi postaichean-crìche aig Bearaig ann.

*Tùsan-fiosrachaïdh:*

[125] *Wings Over Scotland*; [126] *riaghaltas na RA*; [127] *Wings Over Scotland*; [128] *Eric Joyce BP*  
<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

## (iv) Tosgaireachdan

Tha gach chuid riaghaltas na RA agus iomairt Cha Bu Chòir air feuchainn ri bagairt air Alba gur dòcha gum biodh Albannaich thall thairis, air saor-làithean air neo ag obair, ann an staing às aonais cuideachadh dioplòmasach nan rachadh càil ceàrr. 'S i tula-bhreug a tha seo. Mur an robh tosgaireachd no taigh-consalachd Albannach ann an dùthaich shònraichte, tha lagh an EU a' cantainn gum feumadh an fheadhainn aig gach uile ball-stàite eile den EU an aon seòrsa chobhair agus cuideachaodh a thoirt dhaibh agus a bheireadh iad seachad dha na cathairichean aca fhèin. [129]



The screenshot shows the European Commission Consular Protection website. At the top left is the European Commission logo, which consists of the EU flag (blue with yellow stars) and the words "European Commission". To the right of the logo is the text "CONSULAR PROTECTION". Below this is a blue navigation bar with the following links: "Home", "My rights", "Need help outside the EU?", "Travel Advice", and "Background Information". The main content area contains two paragraphs of text. The first paragraph states: "When living or travelling outside the EU, you sometimes need **help from your embassy/consulate** - but what if your country has no diplomatic mission in that country?" The second paragraph states: "No problem - under **EU law** you're entitled to **help from any other EU Member State's embassy/consulate** - *under the same conditions as their nationals*."

Nan robh Alba cuideachd na ball den Cho-fhlaitheas (agus 's cinnteach gum biodh), gheibheadh na cathairichean aice cuideachadh consalach bho thosgaireachdan na RA [130], fiù 's nan robh an còrr den RA taobh a-muigh den EU.

*Tùsan-fiosrachaidh:*

[129] An Coimisean Eòrpach; [130] Wikipedia

Na ceanglaichean gu lèir aig

<http://wingsoverscotland.com/weebbluelinks.htm>



## 5. CONALTRAIDHEAN



**S**toil le luchd-poileataigs an Aonaidh cumail a-mach, nam bhòtadh Alba airson Bu Chòir, gum biodh an RA nàimhdeil agus feargach anns na conaltraidhean eatarra, 's iad a' feuchainn ris na h-Albannaich a pheansachadh airson cho neo-thaingeil 's a tha iad. Ann an Samhainn 2013, mar eisimpleir, dh'innis stiùiriche iomairt "Nas Fheàrr Còmhla", Blair MacDougall, dha luchd-èisdeachd deasbaid ann an Dùn Deagh:

**"Chan eil ministearan na RA cho gòrach 's gun gluais iad an aghaidh Alba gus an cuir Alba roimpe an Rìoghachd Aonaichte fhàgail."** [131]

Tha na tha ga ràdh a thaobh mar a dhiùltadh an còrr den RA aonadh-airgid, mar a chumadh iad smachd air a' chrìch, agus mar a sguireadh iad a dh'òrdachadh luing-chogaidh bho gàraidhean togail-luingeis ann an Alba: tha iad sin uile mar phàirt den ro-innleachd seo. Ach ma bhios sibh a' feuchainn ri stad a chur air cuideigin bho bhith a' dèanamh rudeigin, chan innis sibh dhaibh idir gum bi sibh reusanta agus ciallach ma nì iad e. 'S ann a dh'fheuchas sibh ri dearg eagal am beatha a chur orra, le bhith maoidheadh rudan uabhasach a dhèanamh orra, mur am bi iad umhail.

Chan eil na bagairtean gu feum sam bith, ge-tà, ma chì an neach eile cho faoin 's a tha iad. An rud a tha a' cunntadh ri linn chonaltraidhean-socrachaидh, 's e sin cò an làmh anns a bheil na cairtean as luachmhoire. Agus gu dearbh tha làmh gu math làidir aig Alba. Nach toir sinn sùil air na cairtean-barganachaидh aig gach taobh.

## An còrr den RA

An aon bhall-airm a bu chumhachdaiche ann an armlann a' chòrr den RA a thaobh neo-eisimileachd, 's e sin gun cuireadh iad casg air ballrachd Alba anns an EU. Ach cha ghabh bagairt mar sin a chreidsinn. Nam feumadh Alba an EU fhàgail, 's ann a dhèanadh sin cron mòr oirre gun teagamh. Ach rachadh an còrr den RA a ghoirteachadh cuideachd, ann an grunn dhòighean gu math follaiseach.

Nan diùltadh an còrr den RA a taic a thoirt dha inbhe eadar-nàiseanta na h-Alba le dùthchannan eile, rachadh sin gu tur an aghaidh teirmean Aonta Dhùn Èideann, agus mar sin cuideachd an aghaidh Airteagal 1 Cuibhreann 2 de Chait nan Dùthchannan Aonaichte mu "**chòir fèin-riaghlaidh shluaghan**". [132]

Bhiodh sin na bhuille mhì-shealbhaich dha gnìomhachasan anns a' chòrr den RA, ach bhiodh e na bu fhreagarrache a ràdh gun adhbhraigheadh e

ùpraid bhiurocrasach nach fhacas a leithid a-riamh roimhe anns na h-eileanan seo: anns a' bhad chailleadh 400,000 duine à Sasainn, às a' Chuimrigh, agus à Èirinn a Tuath a' chòir bhunaiteach a bhith a' fuireachd ann an Alba. Bhiodh an cunnart ann gun rachadh faisg air an aon àireamh de dh'Albannaich fhuadachadh às a' chòrr den RA. (Faicibh Caibideil 4(i) agus 4(ii) airson a' mhion-fhiosrachaidh.)

Cha mhòr gu bheil sinn a' toirt ceum leatha idir nuair a chanas sinn gun tigeadh Breatainn uile gu lèir gu stad. Cha bhiodh fios aig daoine cò ris am b' urrainn dhaibh cumhnantan-gníomhachais a dhèanamh, no cò rachadh a sguabadh às an tìr an ath latha. Bhiodh na buidhnean oifigeil in-imrich agus às-imrich anns gach dùthaich air am bàthadh le càrn de dh'obair a bheireadh na deicheadan de bhliadhna chan mus robh iad buileach deiseil dheth.

Agus sin fiù 's mus tòisich sibh a' smaoineachadh mun bharail a bhiodh aig a' chòrr den EU (gun luaidh air an t-saoghal air fad), na dùbhlain laghail a dh'èireadh, agus an clàr mòr fada de rudan do-dhèanta gun rian a dh'èireadh na lùib.

'S ionnan a' bhagairt gus stad a chur air ballrachd Alba anns an EU (agus ann am buidhnean eadar-nàiseanta eile) agus siostam mhisilean niùclasach Trident – chan eil ann dheth ach sgeadachadh agus gil-a-bhòlais, oir ann an da-rìribh, nan rachadh a chleachdad, bhiodh e a' ciallachadh lèirsgríos dhan a h-uile duine. Cha tachair e gu bràth.

Tha an aon rud fior mu cha mhòr bagairt nach biodh an RA a' co-nbrachadh le Alba, mar eisimpleir mu mhalaирtean air neo mu chathaireachd dhaoine. Tha fhios gun dèanadh iad cron air Alba, ach aig an aon àm dhèanadh iad milleadh air a' chòrr den RA cuideachd, agus 's e cnag na cùise gu bheil an eaconamaidh aig a' chòrr den RA fada ro lag gus leòinteán a ghabhail bho làmhan fhèin.

## **Alba**

Air an làimh eile, tha buill-airm gu math nas treasa rim faighinn ann an armlann na h-Alba. Ann an 2012, thug an *Daily Telegraph* iomradh air na beachdan mu Trident a bh' aig cuideigin a bha gu math àrd ann am Ministrealachd an Dìon:

***"Tha daoine anns an MoD a' creidsinn, as dèidh bhòt airson neo-eisimeileachd, nach biodh roghainn aig ministearan ann an Lunnainn ach a bhith a' tighinn gu aonta le ceannardan na h-Alba, ach am faodadh an***

**Cabhlach Rioghail cumail air a' cleachdadadh Chùil-phort agus Fhàslain gus am biodh àite eile deiseil dhaibh.**

**Bheireadh sin dha riaghaltas ùr na h-Alba cumhachd barganachaидh air gnothaichean eile leithid dè an roinn a bhiodh aca de dh'fhiachan nàiseanta na RA, agus de chùisean-airgid eile dham biodh iad buailteach.**

**'An rud as cudromaiche dha riaghaltas RA sam bith, 's e sin a bhith a' glèidheadh a' chumhachd niùclasaich. Mar sin, bhiodh ministearan ann an Lunnainn deònach pris sam bith a phàigheadh dha Salmond ach an dèanadh iad cinnteach gun cumadh iad seilbh air [gearasdain Chluaidh]', thuirt an tùs. 'Bhiodh e mar bhruadar cho dona 's nach gabhadh a chreidsinn.'" [133]**

Cha dhèanadh e cron sam bith air Alba nan cuirte ìmpidh air a' chòrr den RA Trident a sguabdh air falbh seachdainnean as dèidh neo-eisimeileachd, an àite bhliadhnachan. Ach chan eil àite eile ann aig a' chòrr den RA far an cuireadh iad e [134]: mar sin, tha an aon chait ud a-mhàin nas treasa na a' mhòr-chuid de na cairtean a tha an làimh a' chòrr den RA.

Ged a tha Riaghaltas na h-Alba air a ràdh gum biodh iad deònach roinn chothromach de dh'uallach fiachan na RA a ghabhail orra fhèin, nan robh na conaltraidhean nàimhdeil b' urrainn dhi coiseachad air falbh bho bhith a' ghabhail ri fiachan sam bith, ceum a dh'adhbhraigheadh amannan èiginneach dha-rìribh dha eaconamaidh a' chòrr den RA. Tha riaghaltas an RA an dèidh ghabhail ris mar-thà gur ann orrasan a-mhàin a tha an t-uallach airson nam fiach [135], agus chan eil ann ach deagh ghean a-mhàin a tha a' toirt air Alba earrann sam bith de na fiachan sin a ghabhail.

An treas cairt luachmhor aig Alba, 's e sin peinnseanan. Mar a chunnaic sinn ann an Caibideil 3 (iii), tha riaghaltas na RA air aideachadh gum feum iad cumail orra peinnsean duine sam bith a tha airidh air peinnsean-stàite na RA a phàigheadh, fiù 's ged nach eil iad a' fuireachd anns an RA tuilleadh. Bhiodh luchd-peinnsein na h-Alba anns an aon suidheachadh ri daoine sam bith a thèid a dh'fhuireachd anns an Spàinn no anns an Fhraing as dèidh dhaibh an dreuchd a leigeil dhiubh.

Tha am Pàipear Geal ag ràdh gu bheil Riaghaltas na h-Alba deònach an uallach sin a ghabhail os làimh, ach ri linn chonaltraidhean nàimhdeil dh'faodadh iad cùl a chur ris a' phoileasaidh ud – phàigh luchd-peinnsein Albannach an cuid Àrachais Nàiseanta dha riaghaltas na RA,

agus tha còir aca a bhith pàighe leothasan. Mar sin, thigeadh an t-airgead à sporan a' chòrr den RA.

Chosgadh sin barrachd air £6bn gach bliadhna [136], agus nan diùltadh riaghaltas na h-Alba gabhail ri roinn de dh'fhiachan na RA cuideachd, chan eil teagamh nach biodh eaonamaidh na h-Alba gu math comhfhurstail, leis na buileanan de notaichean a bharrachd gach bliadhna – fiù 's a-rèir nan tomhaisean a b' eu-dòchasai che mu theachd-a-steach na h-ola.

Tha sin a' ciallachadh, fiù 's nan robh luchd-iasaid eadar-nàiseanta airson irean na b' àirde de riadh a shocrachadh nam biodhte den bheachd gun do "dhiùlt" Alba gabhail ris na fiachan aice (eadhan ged nach robh i air sin a dhèanamh idir), cha bhiodh e gu diofar sam bith, oir CHAN FHEUMADH Alba mòran airgid-iasaid idir.

Chan eil Riaghaltas na h-Alba airson na rudan sin a dhèanamh, oir dhèanadh dochair air eaonamaidh a' chòrr den RA dochair cheudna air eaonamaidh na h-Alba, leis cho mòr 's a tha malairt na h-Alba air amladh anns a' chòrr den RA. Ach nan tigeadh a h-aon gu dhà, bhiodh an t-airgead mòr a bharrachd ann am buidsead na h-Alba ga dòn bho thòrr den chall, dìreach mar a chuir an t-Oll. Gavin McCrone an cèill fada air ais ann an 1975.

Na leigibh leotha ur mealladh – air cùl an dealais aig an RA a thaobh a bhith a' cur stad air bhòt Bu Chòir, tha an làn fhios a th' aca gum biodh làmh Alba air an stiùir nuair a thigeadh e gu conaltraidhean, connsachadh, agus choistrì an lùib an sgaraidh.

## Ceistean

C: "Ach tha Riaghaltas na h-Alba a' cleachdadòr toirt air falbh Trident mar àrgamaid airson neo-eisimeileachd. Nach eil sin a' ciallachadh gun caill sinn a' chait as fheàrr againn anns a' bhad?"

F: Tha poileasaidh Riaghaltas na h-Alba a' cur an cèill gun tèid Trident a thoirt air falbh cho luath 's a ghabhas "gu sàbhailte" [137]. Ann an conaltraidhean earbsach, faodaidh sìneadh a thoirt dhan teirm sin, gus beagan bhliadhna chan a bharrachd a cheadachadh dha riaghaltas na RA ach an tig iad gu co-dhùnaidhean eile mun t-siostam. Ach mas ann nàimhdeil a bhios na conaltraidhean, faodaidh sinn an teirm a shònachadh mar an t-àm a bheireadh e gus an armachd-chogaidh a thionndadh dheth agus a thoirt air falbh: beagan sheachdainean. [138]

Agus, as bith dè thachradh, tha fhios gun sguireadh Alba A' PAIGHEADH airson Thrident ann an làrach nam bonn, agus gum b' urrainn dhi na ceudan de mhuiileanan de notaichean sin a chosg air rudan eile.

C: “Ach mur an gabhadh Alba ri càil de dh'fhiachan nàiseanta na RA, nach rachadh a peanasachadh leis na margaidhean eadar-nàiseanta? Carson a bheireadh duine airgead-iasaid dha Alba?

F: Oir chan e fiachan na h-Alba a th' annta co-dhiù. Cha robh guth aig Alba mu na fiachan nuair a chaith an toirt a-mach – 's e fiachan riaghaltas na RA a th' annta, chuir an RA rompa càite an cosgadh iad iad, agus tha riaghaltas na RA air làn uallach a ghabhail as an leth mar-thà [135]. Ma tha sibh a' fuireachd ann am flat air mhàl, agus mura pàigh an t-uachdaran agaibh a mhortgaidse, chan e SIBHSE a gheibh an droch ìre de chreideas.

Chan eil a bheag aig luchd-iasaid mu argamaidean poileataigeach am broinn na RA – bheir iad airgead air iasad a-rèir 's a bheil e coltach gum faigh iad air ais e gus nach fhaigh. 'S i dùthach bheairteach dha-rìribh a th' ann an Alba, le iomadach urras aice airson fhiachan sam bith a bheireadh i a-mach. Cha bhiodh mòran cunnairt ann idir dha neach-iasaid sam bith.

Ach mar a rannsaich sinn ann an Caibideil 2, bhiodh e coltach gum feumadh Alba neo-eisimeileach tòrr na bu lugha de dh'airgead-iasaid. Mar sin, fiù 's nam feumadh i ìrean de riadh a bha rud beag na b' àirde airson na bh' aice air iasad, b' urrainn dhi seasamh ris.

Tùsan-fiosrachaidh:

[131] YouTube; [132] Dùthchannan Aonaichte; [133] An Telegraph; [134] BBC; [135] a' Financial Times; [136] Comhairle Rannsachaидh Eaconamaich agus Shòisealta; [137] BBC; [138] CND Alba

Na ceanglaichean gu lèir aig

<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>



## 6: CEISTEAN NACH TOGAR ACH AINNEAMH



**A**nns an leabhar seo dh'fheuch sinn ri freagairtean a thoirt air na ceistean reusanta uile a dh'haodadh duine faighneachd dhuinne air an taobh Bu Chòir. (Ma dh'fhàg sinn càil às, thoiribh sùil air an Èarr-ràdh.)

Ach seo thugaibh grunn cheistean a dh'haodadh sibh fhèin faighneachd dha luchd an Aonaidh: am BP no BPA ionadail agaibh, air neo luchd-iomairt Cha Bu Chòir, ach am faic sibh dè cho dìreach agus cho earbsach 's a tha na freagairtean a bheir iad dhuibh. Oir ma dh'fhuiricheas sibh gus an tog na meadhanan na ceistean ud as ur leth, dh'haodadh gum bi sibh a' feitheamh ùine mhòr.

**1** A bheil Alba – a' gabhail a-steach an airgid-ola, tha fhios – a' cur a-steach earrann na bu mhotha de theachd-a-steach na RA, an taca ris an earrainn de chosgaisean na RA a gheibh i air ais? (Agus gu sònraichte an EARRANN, chan e am MEUD – chan eil fiachan a dh'fheumas i pàigheadh air ais a' cunntadh mar “chosgaisean” idir.)

**2** As bith dè seòrsa beachd a th' AGAIBHSE mu dè cho math 's a bhiodh e, a bheil e fior ri ràdh gum faodadh Alba neo-eisimeileach Sterling a chleachdadadh mar an roghainn-airigid aice nan togadh i – as bith dè thachradh?

**3** Tha an iomairt agaibh a' sior chantainn gun dèanadh neo-eisimeileachd ar teaghlaich agus ar caraidean anns a' chòrr den RA mar “choigrich” dhuinn [139]. Fiù 's ma ghabhas sinn ris gu bheil seo fior, dè tha ceàrr air coigrich? Am biodh na bu lugh a de ghaol agaibh air ur seanmhair no air mac ur bhràthar no air ur phiuthair nam biodh iad nan “coigrich”?

Mur am biodh, dè an diofar a nì e?

**4** Nur beachd-se, an togadh agus an cumadh an còrr den RA freiceadan air balla fisigeach air choireigin thar na crìche a bhiodh 100 mìle de dh'fhaid, dìreach nan robh poileasaidh in-imrich eadar-dhealaichte aig Alba neo-eisimeileach? (Oir tha e follaiseach nach cuireadh postaichean-sgrùdaidh air na rathaidean stad sam bith air in-imrich mhì-laghail: chòisicheadh iad seachad oirre air an casan.)

Nam b' ann mar sin a bhiodh cùisean, dè chosgadh e, nur beachd-se, balla mar sin a thogail, a dhòn, agus a chumail suas?

**5** Chaighd Aithisg McCrone a chleith air mòr-shluagh na h-Alba le riaghaltasan gach chuid Lèbarach agus Toraidheach airson 30 bliadhna gus nach biodh fios aca cho beairteach 's a bhiodh Alba nan robh i neo-eisimeileach. An aithnich sibh fhèin an-dràsda aithisgean eile den aon

sheòrsa a bhuineas ri deasbad na neo-eisimeileachd, a tha air an sònraichadh ‘diomhair’?

**6** Ma thachras bhòt Cha Bu Chòir san t-Sultain, an urrainn dhuibh innse dhomh le cinnt gum bi Alba fhathast anns an EU an ceann còig bliadhna?

**7** Ma thachras bhòt Cha Bu Chòir, an urrainn dhuibh innse dhomh le cinnt gum bi NHS, ’s e air a mhaoineachadh gu tur poblach, aig Alba ann an deich bliadhna?

**8** Ma thachras bhòt Cha Bu Chòir, an urrainn dhuibh innse dhomh le cinnt gum bi “Siostam Bharnett”, a thèid a chleachdad gus maoineachadh Riaghaltas na h-Alba a thomhas, fhathast am bith ann an 2020, agus a shocrachadh a-rèir nan aon earrainnean?

**9** An dùil dè seòrsa chosgaisean a bhios ann an lùib stèidheachadh agus cumail suas a’ bhiurocrasaidh togail-chìsean a tha am pàrtaidh agaibh airson a chur air bhonn ma thachras bhòt Cha Bu Chòir?

**10** Ma thachras bhòt Bu Chòir, am bi uallach air riaghaltas na RA peinnseanan a h-uile duine ann an Alba a tha airidh MAR-THÀ air peinnsean-stàite na RA a phàigheadh, mar a thachras le luchd-peinnsein a rinn eilthireachd dhan Spàinn, mar eisimpleir, dhan Fhraing, air neo gu Astràilia?

Chan eil ùidh sam bith agam ann am beachdan Riaghaltas na h-Alba mun chuspair, tha mi airson faighinn a-mach dè na h-uallaichean a th’ air riaghaltas na RA, oir ’s e sin a’ bhuidheann dhan deach na tabhartasan a phàigheadh.

Faodaidh sibh fios a chur dhan BhP, dhan BhPA, dhan BhPE, agus dha na comhairlichean ionadail agaibh troimh WriteToThem.com [140]. Chan eil sinn ag ràdh gum faigh sibh freagairtean direach. Ach mur am faigh, ’s dòcha gun innis sin fhèin rudeigin dhuibh.

Tùsan-fiosrachaidh:

[139] Grunnan; [140] Write to Them

Na ceanglaichean gu lèir aig

<http://wingsoverscotland.com/weebluelinks.htm>

## EÀRR-RÀDH

Bha sinn airson an leabhar seo a chumail aig meud a tha reusanta, agus mar sin cha do dhèilig sinn ach a-mhàin ris na rudan a bu chudromaiche, agus dh'fheuch sinn ri slighe ghoirid a ghabhail. Ma bhios ceist agaibh mu rud sam bith eile, air neo ma bhios ceist nas toinnte agaibh mu rud sam bith air an tug sinn cunntas an seo, agus nach eil còmhdaichte leis na h-airteaganan nas fhiosraichte anns na h-earrainnean "TÙSAN", feuch gun leig sibh fios thugainn agus nì sinn ar dìcheall ur cuideachadh. Agus mar as àbhaist, cha bhi sinn ag iarraidh oirbh gabhail ris na chanas sinne - bheir sinn thugaibh na ceanglaichean dha na tùsan-fiosrachaидh uile againn ach am faic sibh fhèin an fhianais.

<http://wingsoverscotland.com/ask-wings/>  
<http://wingsoverscotland.com/reference/>

## CREIDEASAN/AITHEANTAIS

Teacs leis an Urr. Stiùbhart Caimbeul.

Taing shònraichte dha Lindsay Bruce, Douglas Daniel, Dr Morag Kerr, Andrew Leslie agus Scott Minto: as an aonais cha bhiodh an Leabhar Beag Gorm, agus iomadach rud eile, air a bhith ann. Air neo bheireadh e mòran na b' fhaide, agus cha bhiodh e idir cho math.

Dealbhan nan taghaighean le Stewart Bremner.

## TEACS GÀIDHLIG

Aig àm cho cudromach nar n-eachdraidh, tha e iomchaidh gun cluinnear guth nan Gàidheal anns an deasbad, agus gum bi na còmhraighean agus na h-argamaidean a chluinnear air feadh na dùthcha a' dol air adhart nar cànan fhìn. 'S e sin a thug orm *The Wee Blue Book* – an tùs as fheàrr agus as earbsaiche airson nam puinean as cudromaiche anns an deasbad – eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig. Tha an t-eadar-theangachadh seo air a dhèanamh falalair an fhacal, ach a-mhàin le sineadh beag an-dràsda 's a-rithist ach an gabhadh an teacs Gàidhlig a leughadh na b' phasa. Mo thaing dhan Urr. Stiùbhart airson cead fialaidh a thoirt seachad airson a' bhreacaidh Ghàidhlig seo, agus mo thaing dhan sgioba Ghàidhlig a chuir gleans air an teagsa.

“

Na **gibtean as fheàrr** as urrainn dhuibh  
thoirt dha ur cuid cloinne,  
's iad sin **freumhan dleasdanais**,  
agus **sgiathan neo-eisimeileachd**.

”

- Denis Waitley

Ughdar

Ann an Alba, tha 37 pàipearan-naidheachd nàiseanta no làitheil ann. Chan eil aon ghn aca a' toirt taic dha neo-eisimeileachd. (An aon phàipear a bheir taic dha bhòt Bu Chòir, 's e pàipear seachdaineil a th' ann.) Tha cha mhòr a h-uile gin aca air a shealbhachadh air neo air a stiùireadh bho thaobh a-muigh na h-Alba.

Nuair a bhios roghainn cho cudromach aig muinntir na h-Alba ris an roghainn a ni iad 18 Sultain, 's e fior adhbhar-imcheist dha deamocrasaidh a th' ann gu bheil na pàipearan a' cur an taic ri aon taobh sònraichte.

Ris an fhìrinn innse, tha tòrr de na chaidh innse dhuinn mu neo-eisimeileachd le luchd-poileataigs an Aonaidh agus leis na meadhanan thairis air na grunn bhliadhna chan a chaidh seachad direach loma-làn de bheàrnan, de dh'fiaraidhean na firinne, de mhearachdan meallta agus de bhreugan gu tur.

Anns an leabhar seo – a' cleachdadadh thùsan-fiosrachaидh le teisteanasan iomlan, gun chlaonadh, a dh'faodadh sibh fhèin a sgrùdadadh – lionaidh sinn na beàrnan ach am faic sibh an dealbh slàn.

"S e Wings Over Scotland an làrach-lìn as beòthaile, as brosnachaile, agus as ùr-ghnàthaiche dh'faodadh e bhith, ann an saoghal nam meadhanan Albannach thar nam bliadhna chan a chaidh seachad."

- Naidheachdan STV, 20 Òg-mhìos 2014

"Rannsachadh mì-mhodhail, dàna, dùbhlach, toinisgeil, agus, gu math tric, iongantach mat

- Journalism.co.uk, 19 Gearran 2014

"Tha an sgriobhadh ann an Wings Over Scotland aig an ire as àirde, agus 's tric a bhios e nas fheàrr na na nochdas anns na tiotalan pàighe."

- An Observer, 30 Màirt 2014

"Chan eil aon iomairt aonaidh air an eadar-lion a thig faisg air làraichean luchd-taic neo-eisimeileachd leithid Wings Over Scotland."

- A' Sunday Herald, 20 Iuchar 2014

"Mumsnet na h-iomairte neo-eisimeileachd."

- Ross McCafferty (Mirror Air-Ioidhne), 14 Òg-mhìos 2014



[WingsOverScotland.com](http://WingsOverScotland.com)